

This is a digital copy of a book that was preserved for generations on library shelves before it was carefully scanned by Google as part of a project to make the world's books discoverable online.

It has survived long enough for the copyright to expire and the book to enter the public domain. A public domain book is one that was never subject to copyright or whose legal copyright term has expired. Whether a book is in the public domain may vary country to country. Public domain books are our gateways to the past, representing a wealth of history, culture and knowledge that's often difficult to discover.

Marks, notations and other marginalia present in the original volume will appear in this file - a reminder of this book's long journey from the publisher to a library and finally to you.

Usage guidelines

Google is proud to partner with libraries to digitize public domain materials and make them widely accessible. Public domain books belong to the public and we are merely their custodians. Nevertheless, this work is expensive, so in order to keep providing this resource, we have taken steps to prevent abuse by commercial parties, including placing technical restrictions on automated querying.

We also ask that you:

+ *Make non-commercial use of the files* We designed Google Book Search for use by individuals, and we request that you use these files for personal, non-commercial purposes.

+ *Refrain from automated querying* Do not send automated queries of any sort to Google's system: If you are conducting research on machine translation, optical character recognition or other areas where access to a large amount of text is helpful, please contact us. We encourage the use of public domain materials for these purposes and may be able to help.

+ *Maintain attribution* The Google "watermark" you see on each file is essential for informing people about this project and helping them find additional materials through Google Book Search. Please do not remove it.

+ *Keep it legal* Whatever your use, remember that you are responsible for ensuring that what you are doing is legal. Do not assume that just because we believe a book is in the public domain for users in the United States, that the work is also in the public domain for users in other countries. Whether a book is still in copyright varies from country to country, and we can't offer guidance on whether any specific use of any specific book is allowed. Please do not assume that a book's appearance in Google Book Search means it can be used in any manner anywhere in the world. Copyright infringement liability can be quite severe.

About Google Book Search

Google's mission is to organize the world's information and to make it universally accessible and useful. Google Book Search helps readers discover the world's books while helping authors and publishers reach new audiences. You can search through the full text of this book on the web at `http://books.google.com/`

Celt 2810.5



Harvard College Library

THE GIFT OF

FREDERICK ATHERN LANE,

OF NEW YORK, N. Y.

(Class of 1849.)

23 Aug 1900

SECOND EDITION

AM FILIDH GAIDHEALACH



HUGH MACKENZIE
PUBLISHER,
INVERNESS.

ONE SHILLING.

THE AIRS & MELODIES

OF THE

Highlands & Islands of Scotland

Arranged for the Pianoforte, Violin, &c.

H. MACKENZIE respectfully directs attention to the NEW EDITION, just published by him, of the AIRS AND MELODIES OF THE HIGHLANDS AND ISLANDS OF SCOTLAND, collected and arranged for the Pianoforte, Violin, &c. by the late CAPTAIN SIMON FRASER OF KNOCKIE.

This large work was first published in 1816, and it has ever since, held a high place in the estimation of competent judges, as the most faithful collection of genuine Highland Music—the airs being given as sung among the Highland people. For a long time it has been both scarce and expensive; and this circumstance has induced the publisher to bring out the present edition. Between the publication of the work in 1816, and his death in 1852, Captain Fraser, from time to time, added to and made emendations upon, his collection; and from the materials thus left to him his now deceased son, Angus Fraser, prepared an amended copy of the work. This valuable copy is now the property of a gentleman in London, through whose kindness the Editor of the present edition has been enabled to avail himself of its use. The collection contains 232 airs, the names of which are given in Gaelic and English; and there are copious historical, critical, and explanatory notes.

The Work may be had bound in cloth case, gilt and gilt edges, 25s.

To be had of H. MACKENZIE, *Publisher.*

11 BANK LANE, INVERNESS,
January 1877.

AM FILIDH GAIDHEALACH,

OR THE

HIGHLAND MINSTREL:

A

COLLECTION OF THE MOST POPULAR ANCIENT AND MODERN SONGS

OF

THE GAEL OF SCOTLAND.

"'S taitneach leam facail nam fonn."—*Ossian.*

INVERNESS:
HUGH MACKENZIE, BANK LANE
1877.


Celt 2810.5

HARVARD COLLEGE
AUG 23 1900
LIBRARY.
Lane fund

CLAR-INNSIDH.



Miann a Bhaird Aosda	1
Oran do dh' Ian Mac Shir Thormoid Mhic-Leoid	6
An talla 'm bu ghna le Mac-Leoid	8
Mort na Ceapaich	10
Latha Inbher-Lochaidh	14
Oran nan Fineachan Gaelach	18
Oran do Phrionnsa Tearlach	23
An Ribhinn Aluinn Eibhinn Og	24
Cead-Deireannach Nam Beann	27
Oran a Bhotail	29
Marbh-Rann an Ughdair dha Fein	32
Latha Chuilodair	34
Am Feile Preasach	38
Feasgar Luain	40
Moladh na H-oighe Gaelich	43
Cumhadh a' Bhaird air son a Leannain	46
Cuachag nan Craobh	49
Oran Cumhaidh	51
Oran do Mhac-'Ic- Alasdair Ghlinne-Garaidh	53
Oran Leannanachd	57
Ealaidh Ghaoil	60
Oran d' a Leannan	62
Mali Bheag Og	65
Mairi Laghach	67
Fear a Bhata	71
An Nighean Bhuidh Bhan	73
An Cailin Dileas Donn	74
An Gille Dubh Ciar-Dhubh	76
Mort Ghlinne-Comhann	78
Mairi Ghreannar	82
Moladh Chabair-Feidh	84
Oran Allabain Suiridh	89
Oran Ducha	92
Oran Bhraigh Rusgaich	94
Oran nam Fineachan Gaelach	98
Oran d'a Cheile Nuadh-Posda	104
Briogais Mhic Ruairidh	110
Coire-Cheathaich	113
Oran do Chaiptein Huistein, Lochlaitsir	116
Dhia Gleidh 'Bhanrigh	120



AM FILIDH GAIDHEALACH.

MIANN A BHAIRD AOSDA.

O càraibh mi ri taobh nan allt,
A shiubhlas mall le ceumaibh ciùin,
Fo sgàil a bharraich leag mo cheann,
'S bi thus' a ghrian ro-chairdeil rium.

Gu socair sìn 's an fheur mo thaobh,
Air bruaich nan dithean 's nan gaoth tlà,
'S mo chas ga sliobadh 's a' bhraon mhaoth,
'S e lùbadh tharais caoin tro'n bhlàr.

Biodh sòbhrach bhàn is àillidh snuadh,
Mu'n cuairt dom' thulaich is uain' fo' dhriùchd,
'S an neòinean beag 's mo lamh air cluain,
'S an ealabhuidh' aig mo chluais gu h-ùr.

Mu'n cuairt do bhruachaibh àrd mo ghlinn',
Biodh lùbadh ghèug a's orra blà;
'S clann bheag nam preas a' tabhairt seinn,
Do chreagaibh aosd' le òran gràidh.

Briseadh tro chreag nan eidheann dlù,
Am fuaran ùr le torraman trom,
'S freagraidh mac-talla gach cìtil,
Do dh' fhuaim srutha dlù nan tonn.

Freagraidh gach cnoc, agus gach sliabh,
Le binn-fhuaim geur nan aighean mear;
'N sin cluinnidh mise mile geum,
A' ruith mu'n cuairt domh 'n iar 'san ear.

Mu'n cuairt biodh lù-chleas nan laogh,
Ri taobh nan sruth, no air an leirg.
'S am minnean beag de'n chòmhraig sgìth,
'N am achlais a' cadal gu'n cheilg.

Sruthadh air sgèith na h-ŏsaig mhìn,
Glaodhan maoth nan crò mu'm chluais,
'N sin freagraidh a mheanmh-spreidh,
'Nuair chluinn, an gineil, is iad a ruith a nuas.

A ceum an t-sealgair ri mo chluais!
Le sranna ghăth, a's chon feadh sléibh,
'N sin dearsaidh an òig air mo ghruaidh,
'N uair dh-eireas toirm air sealg an fhéidh.

Dùisgidh smior am chnaimh, 'nuair chluinn,
Mi tailmrich dhŏs a's chon a's shreang,
Nuair ghlaodhar—"Thuit an damh!" tha mo bhuinn
A' leum gu beò ri àrd nam beann.

'N sin chi mi, air leam, an gadhar,
A leanadh mi an-moch a's moch;
'S na sleibh bu mhiannach leam ' thaghall,
'S na creagan a' freagairt do'n dŏs.

Chi mi 'n uamh, a ghabh gu fial,
'S gu tric ar ceumaibh roi 'n oidhch';
Dhùisgeadh ar sunnd le blathas a crann,
'S an sòlas chuaich a bha mòr aoibhneas.

Bha ceò air fleagh bhàrr an fhéidh,
An deoch á Taéig 's an tonn ar ceòl,
Ge d' sheinneadh tàisg 's ge d' rànadh sléibh,
Sinnte 's an uaimh bu sheamh ar neoil.

Chi mi Beinn-àrd is àillidh fiamh,
Ceann-feadhna air mhìle beann,
Bha aisling nan damh 'na ciabh,
'S i leabaidh nan nial a ceann.

Chi mi Sgorr-eild' air bruach a ghlinn'
An goir a chuach gu binn an tòs.
A's gorm mheall-àild' na mìle giubhas
Nan luban, nan earba, 's nan lŏn.

Biodh tuinn òg a snàmh le sunnd,
Thar linne 's mìne giubhas, gu luath;
Srath ghiubhais uain' aig a ceann,
A' lubadh chaoran dearg air bruaich.

Biodh eal' aluinn an uchd bhàin,
A snàmh le spreigh air bharr nan tonn,
'Nuair thogas i sgiath an àird,
A measg nan nial cha'n fhàs i tròm.

'S tric i 'g astar thar a chuain,
Gu asraidh fhuar nan ioma' ronn,
Far nach togar breid ri crann,
'S nach sgoilt sron dharaich tonn.

Bì thusa ri dosan nan tom,
Is cumha' do ghaol ann ad bheul,
Eala ' thriall o thìr nan tonn
'S tu séinn dhomh ciùil an aird nan speur.

O! eirich thus' le t-òran ciùin,
'S cuir naigheachd bhochd do bhròin an ceill;
'S glacaidh mac-talla gach ciúil,
An gŭth tùrsa sìn o d' bheul.

Tog do sgiath gu h-àrd thar chuan,
  Glac do luathas bho neart na gaoith,
'S eibhinn ann am chluais am fuaim,
  O'd chridhe leòint'—an t-òran gaoil.

Co an tìr on gluais a' ghaoth,
  Tha giulan glaodh do bhroin on chreig?
Oigeir a chaidh uain a thriall,
  'S a dh-fhàg mo chiabh ghlas gu'n taic,

'M b'eil deòir 'do ruisg O! thusa ribhinn,
  Is mìne mais' 's is gile làmh?
Sòlas gu'n chrìoch do'n ghruaidh mhaoith,
  A chaoidh nach gluais on leabaidh chaoil!

Innsibh, o thréig mo shuil, a ghaoth'
  'C àit, am beil a chuil' a fàs,
Le glaodhan broin 's na brìc r'a taobh,
  Le sgiath gun deò a cumail blàir.

Togaibh mi—càraibh le'r laimh threin,
  S cuiribh mo cheann fo bharrach ùr,
'N uair dh'eireas a' ghrian gu h-àrd,
  Biodh a sgìath uain' os ceann mo shùil.

An sin thig thu O! aisling chiùin,
  Tha 'g astar dlù measg reull na h-òidhch',
Biodh gnìomh m' oidhche ann ad cheòl;
  Toirt aimsir mo mhuirn gu'm chuimhn'.

O! m'anam faic an ribhinn òg,
  Fo sgéith an daraich, righ nam flath,
'S a lamh shneachd ' measg a ciabhan òir,
  'Sa meall-shuil chiùin air òg a gràidh.

E-san a' seinn ri' taobh 's i balbh,
  Le cridhe leum, 's snàmh' na cheòl,
An gaol bho shuil gu suil a falbh,
  Cuir stad air féidh nan sleibhtean mòr.

Nis thréig am fuaim, 's tha cliabh geal mìn,
'Ri uchd 's ri cridhe gaoil a' fàs,
S a bilibh ur mar ròs gun smal,
Mà bheul a gaoil gu dlu an sàs.

Sòlas gun chrioch do'n chomunn chaomh,
A dhuisg dhomh m' aoibhneas ăit nach pill,
A's beannachd do t-anams' a ruin,
A nighean chiuin nan cuach-chiabh grinn.

'N do thréig thu mi, aisling nam buadh?
Pill fathast—aon cheum beag—O, pill!
Cha chluinn sibh mi, Ochoin! 's mi truagh.
A bheannaibh mo ghraidh—slàn leibh.

Slàn le comunn caomh na h-òige,
A's oigheannan bòidheach, slàn leibh;
Cha leir dhomh sibh, dhuibhse tha samhradh,
Ach dhomsa geamhradh a chaoidh.

O! cuir mo chluas ri fuaim Eas-mòr,
Le 'chrònan a' tearnadh on chreig.
Bi'dh cruit agus slige ri'm thaobh,
'S an sgiath a dhian mo shinnsir sa' chath.

Thig le càirdeas thar a chuain,
Osag mhìn a ghluais gu mall,
Tog mo cheo air sgiath do luathais,
'S imich grad gu eilean fhlaitheis.

Far'm beil na laoich a dh-fhalbh o shean,
An cadal trom gun dol le ceol,
Fosglaibh-sa thalla Oisein a's Dhaoil,
Thig an oidhche 's cha bhi'm bard air bhrath.

Ach O m'an tig i seal m'an triall mo cheo,
Gu teach man bàrd, air àrd-bheinn as nach pill.
Fair cruit 's mo shlige dh-iunnsaid 'n roid,
An sin, mo chruit, 's mo shlige ghraidh, slan leibh.

ORAN

DO DH' IAIN MAC SHIR THORMOID MHIC-LEOID.
LE MAIRI NIGHEAN ALASDAIR RUAIDH.

H-ithill uthill agus o,
H-ithill o h-oireannan
H-ithill uthill agus o,
H-ithill o-h-o h-oireannan,
H-ithill uthill agus o,
H-ithill o h-oireannan
Faillill o h ullill o,
H-o ri ghealladh h-i-il-an.

Ge do theid mi do m' leabaidh
Cha'n é cadal is miannach leam,
Aig ro mheud na tuile,
'S mo mhuilean gun iarann air,
Tha mholtair ri paidheadh,
Mur caillteär am bliadhna mi,
'S gur feumail domh faighinn,
Ge do ghabhainn an iasad i.
H-ithill, &c.

Tha mo chion air a chlachair,
Rinn m'aigne-sa riarachadh,
Fear mor, a bheoil mheachair,
Ge tosdach, gur briathrach thu;
Gu'm faighinn air m' fhacal
Na caisteil ged dh'iarrainn iad;
Cheart aindeoin mo stàta,
Gun chàraich sud fiachan orm.
H-ithill, &c.

Ged a thuirt mi riut clachair,
Air m'fhacal cha b'fhior dhomh e,
Gur rioghail do shloinneadh
'S gur soilleir ri iarraidh e,

Fior Leòdach ùr, gasda,
Foinnidh beachdail, glic fialaidh thu,
De shliochd nam fear flathail,
Bu mhath an ceann chliaranach.
H-ithill, &c.

Ach a mhic ud Shir Thormoid,
Gu'n soirbhich gach bliadhna dhut,
Chuir buaidh air do shliochd-sa,
Agus piseach air t-iarmadan;
'S do'n chuid eile chloinn t-athar,
Anns gach rathad a thriallas iad,
Gu'n robh toradh mo dhurachd
Dol nan run mar bu mhiannach leam.
H-ithill, &c.

'Nuair a theid thu do'n fhireach,
'S ro mhath chinneas an fhiadhach leat,
Le d' lothain chon ghleusda
Ann ad dheigh 'nuair thrialladh tu,
Sin, a's cuilbhear caol, cinnteach,
Cruaidh, direach, gun fhiaradh ann;
Bu tu sealgair na h-eilid,
A choilich, 's na liath-chirce.
H-ithill, &c.

Tha mo chion air an Ruairidh,
Gur luaineach mu d' sgeula mi,
Fior bhoirne geal suairc' thu,
Am beil uaisle na peacaige,
Air an d'fhàs an cul dualach,
'S e na chuachagan teud-bhuidhe,
Sin a's urla glan, suairce,
Cha bu tuairisgeul breugach e.
H-ithill, &.

Slan iomradh dhut Iain,
Gu mu rathail a dh' eireas dut,

'S tu mac an deagh athar,
Bha gu mathasach meaghrachail,
Bha gu furbhailteach, daonnachdach,
Faoilteachail, deirceachail,
Sàr cheannard air *trùp* thu,
Na'n cuirte leat feum orra.
H-ithill, &c.

Gur àluinn am marcach
Air each an glaic diollaid thu,
'S tu cumail do phearsa
Ann an cleachdadh, mar dh' iarrainn dut,
Thigeadh sud ann ad laimh-sa
Lann spainteach, ghorm, dhias-fhada,
A's paidhir mhath *phiostal*
Air crios nam ball sniomhanach.
H-ithill, &c.

AN TALLA 'M BU GHNA LE MAC-LEOID.

LE MAIRI NIGHEAN ALASDAIR RUAIDH.

RIGH! gur muladach ' tha mi,
'S mi gun mhire gun mhànran,
Anns an talla 'm bu gnà le Mac-Leoid.
Righ! gur, &c.

Taigh mor macnasach, meaghrach,
Nam macaibh' s nam maighdean,
Far 'm bu tartarach gleadhraich nan corn.
Taighmor, &c.

Tha do thalla mor prìseil,
Gun fhasgadh gun dian air,
Far am facadh mi 'm fion bhi 'ga ol.
Tha do thalla, &c.

Och mo dhiobhail mar thachair,
Thainig dil' air an aitreabh,
S' ann a's cianail leam tachairt na còir.
Och mo dhiobhail, &c.

Chi mi 'n chliar a's na dàimhich,
A'tréigsinn na fàrdaich,
On nach éisd thu ri fàilte luchd-ceoil,
Chi mi 'n chliar, &c.

Shir Tormaid nam bratach,
Fear do dhealbh-sa bu tearc e,
Gun sgeilm a chuir asad no bosd.
Shir Tormaid, &c.

Fhuair thu teist, a's deagh urram,
Ann am freasdal gach duine,
Air dheiseachd 's air uirighioll beoil.
Fhuair thu teist, &c.

Leat bu mhiannach coin lugh-mhor,
Dol a shiubhal nan stuc-bheann,
'S an gunna nach diultadh le h-ord.
Leat bu mhiannach, &c.

'S i do lamh nach robh tuisleach,
Dol a chaitheadh a chuspair,
Le d' bhogha cruaidh, ruiteach, deagh-neoil,
'S i do lamh nach, &c.

Glac throm air do shliasaid,
An deigh a snaitheadh gun fhiaradh,
'S barr dosrach de sgiathan an eoin.
Glac-thorm, &c.

Bhiodh céir ris na crannaibh,
Bu neo-eisleannach tarruinn,
'Nuair a leumadh an t-saighead o d' mheoir,
Bhiodh céir ris. &c.

'Nuair a leigte o d' laimh i,
Cha bhiodh oirleach gun bhathadh,
Eadar corran a gàinne 's an smeoirn.
'Nuair a leigte, &c.

N am dhut tighinn gu d' bhaile,
'S tu bu tighearnail gabhail,
Nuair shuidheadh gach caraid mu d' bhord.
'N am dhut tighinn, &c.

Bha thu measail aig uaislean,
'S cha robh beagan mar chruathas ort,
Sud an cleachdadh a fhuair thu t-aois oig.
Bha thu measail, &c.

Gu 'm biodh farum air thaileasg,
Agus fuaim air a chlarsaich,
Mar a bhuineadh do shàr mhac Mhic-Leoid,
Gn 'm biodh farum, &c.

Gur h-e b' eachdraidh 'na dheigh sin,
Greis air uirsgeul na Feinne,
'S air cuideachda cheir-ghil nan croc.
Gur h-e b' eachdraidh, &c.

MORT NA CEAPAICH.

LE IAN LOM.

'S tearc an diugh mo chuis ghàire,
Tigh'n na raidean so 'niar;
'G amharc fonn Inbher-làire,
'N deigh a stràchdadh le siol;
Tha Cheapach na fàsach,
Gun aon aird oirre 's fiach;
'S leir ri fhaicinn a bhraithrean,
Gur trom a bhàrc oirnn an t-sion.

'S ann oirnne thainig an diombain,
'Sa 'n iomaghuin gheur;
Mur tha claidheamh ar finne,
Cho minig n' ar deigh;
Paca Thurcach gun sireadh,
Bhi a pinneadh ar cleibh;
Bhi n' ar breacain g' ar filleadh,
Measg ar cinne mor fein.

'S gearr o chomhairl' n h-aoine,
Dh' fhag a chaoidh sinn fo sprochd;
O am na feill-Micheil,
Ge b'e nith rinn mo lot;
Dh' fhag sud n' ar miol-mhuir sinn
'S na'r fuigheall spuirt air gach port;
'Nuair theid gach cinneadh ri chéile,
Bidh sinne sgaoilte mu 'n chnoc.

'S ann di-sathuirne gearr uainn
Bhuail an t-earrchall orm spot;
'S mi caoidh nan corp geala,
Bha call na fala fo 'm brot;
Bha mo lamhansa croabhach,
'N deigh bhi taosgadh 'ur lot;
Se bhi ga 'r cuir ann an ciste,
Tùrn as miste mi nochd.

B' iad mo ghraidh na cuirp chùraidh,
Anns 'm bu dlù chur na'n sgian;
'S iad na 'n sineadh air urlar,
'N seomar ùr ga 'n cur sios;
Fo chasan shiol Dhughaill
Luchd a spuilleadh na 'n cliabh;
Dh' fhag àlach am biodag
Mur sgàile ruidil 'ur bian.

C' aite 'n robh e fo 'n adhar,
A sheall n'ur bathais gu geur,
Nach tugadh dhuibh athadh,
A luchd 'ur labhairt 's 'ur beus;
Mach o chlainn bhrathair n-athar
Chaidh 'm bainn an aibhisteir threin;
Ach mu rinn iad bhur lotsa,
'S trom a rosad dhaibh fein.

Tha sibh 'n cadal thaigh duinte,
Gun smuid deth gan cheo;
Far 'n d' fhuair sibh 'n garbh dhusgadh,
Thaobh 'ur chuil a's 'ur beoil;
Ach na 'm faigheadh sibh ùine
O luchd ur mhi-ruin bhi beo;
Cha bu bhaile gun surd e,
Bhiodh air' air muirn 's air luchd-ceoil.

A leithid de mhort cha robh 'nAlbuinn,
Ged bu bhorb iad na 'm beus;
'S bochd an sgeul eadar bhraithrean;
E dhol an lathair mhic Dhé;
Mur am bàt air an linne,
Ge b'e shireadh na deigh;
Cha d'thain' a leithid do mhilleadh,
Air ceann-cinnidh fo 'n ghréin.

Tha mulad air m' inntinn
Bhi 'g innseadh bhur beus
'S ann a ghabh iad am fath oirbh
'N uair chaidh 'ur fagail leibh fein;
'Sa chuir sibh cungaidh 'ur casaibh,
Ann an Aros na 'n téud;
'S 'ur buachaillean bàth-chruibh,
Ann an garadh nam péur.

'S ann an sin a bha 'n cinneadh
Bh' air am milleadh o 'n ceill;
Chaidh a ghlacadh droch spioraid,
Ann an ionad fiamh Dhé;
Sinn am fath mu 'n robh sginean,
Cho minig 'n 'ur deigh;
'S a 'neach nach do bhuaileadh,
Bhi ga bhuain anns a bhréig.

Ach a Mhoir-fhear Chlann-Domhnuill
'S fad do chomhnuidh measg Ghall,
Dh' fhag thu sinne n'ur breislich,
Nach do fhreasdail thu 'n t-am;
Nach do gleidh thu na h-itean,
Chaidh gun fhios dhut air chall;
Tha sinn corrach as t-aogais,
Mur cholainn sgaoilte gun cheann.

Gur h-iom' oganach sgaiteach,
Lub bhachlach, sgiath chrom;
Eadar drochaid Allt Eire,
'S Rugha Shleibhte nan tonn;
A dheanadh leat eiridh
Mu 'm biodh do chreuchdan lan tholl;
'S a rachadh bras ann a t-èirig,
Dheagh Shir Sheumais nan long.

Chuir Dia oirnn craobh shiochaint,
Bha da 'r dionadh gu leoir;
D 'm bu choir dhuinn bhi striochdadh,
Fhad 'sa 'n cian bhiodhmaid beo;
Ma's sinn fhein a chuir dith oirr',
B' olc an dioladh sinn oirnn;
Tuitidh tuagh as na flaitheas,
Leis an sgathar na meoir.

'N glan fhiuran so bh' againn,
'N taobh so fhlaitheas Mhic Dhé;
Thainig sgiursadh a bhais air,
Chaill sinn thoirt le srachd geur;
'N t-aon fhiuran a b' aillidh
Bh' ann 's phairce 'n robh speis;
Mur gu 'm buaineadh sibh ailean,
Leis an fhaladair geur.

Tha lionn-dubh air mo bhualadh,
'N taobh tuathal mo chleibh;
'S mu mhaireas e buan ann,
B' fhearr leam uam e mur chéud:
Gar an teid mi g'a innseadh,
Tha mi cinnteach a' m' sgeul;
Luchd dheanadh na sithne,
Bhi-feadh na tire gun deigh.

LATHA INBHER-LOCHAIDH.

LE IAN LOM.

H-i rim h-ŏ-ro, h-o-ro leatha,
H-i rim h-ŏ-ro, h-o-ro leatha,
H-i rim h-ŏ-ro, h-o-ro leatha,
Chaidh an latha le Clann-Domhnuill.

An cuala' sibhse 'n tionndadh duineil,
Thug an camp bha 'n Cille-Chuimein;
'S fad chaidh ainm air an iomairt,
Thug iad as an naimhdean iomain.
H-i rim, &c.

Dhirich mi moch madainn dhomhnaich,
Gu barr caisteil Inbher-Lochaidh,
Chunna' mi 'n t-arm a dol an ordugh,
'S bha buaidh an là le Clann-Domhnuill.
H-i rim, &c.

Direadh a mach glun Chuil-eachaidh,
Dh' aithnich mi oirbh surd 'ur tapaidh;
Ged bha mo dhuthaich na lasair,
'S éirig air a chus mar thachair.
H-i rim, &c.

Ged bhiodh Iarlachd a bhraghaidh,
An seachd bliadhna so mar tha e,
Gun chur, gun chliathadh, no gun àiteach,
'S mach an riadh bho 'm beil sinn paighte.
H-i rim, &c.

Air do laimhse Thighèarna Lathairn,
Ge mor do bhosd as do chlaidheamh,
'S ioma oglaoch chinne t-athar,
Tha 'n Inbher-Lochaidh na laidhe.
H-i rim, &c.

'S ioma fear goirseid agus pillein,
Cho math 'sa bha riamh dheth d' chinneadh,
Nach d' fhaod a bhotan thoirt toiram,
Ach faoghlum snàmh air Bun-Neimheis.
H-i rim, &c.

Sgeul a b' aite 'nuair a thigeadh,
Air Caim-beulaich nam beul-sligneach,
H-uile dream dhiu mur a thigeadh,
Le bualadh lann an ceann ga 'm bristeadh.
H-i rim, &c.

'N latha sin shaoil leo dhol leotha,
'S ann bha laoich ga 'n ruith air reothadh,
'S ioma slaodanach mor odhar,
Bha na shineadh air Ach'-an-tothair.
H-i rim, &c.

Ge be dhireadh Tom-na-h-aire,
Bu lionor spog ùr ann air dhroch shailleadh,
Neul marbh air an suil gun anam,
'N deigh an sgiursadh le lannan,
H-i rim, &c.

Thug sibh toiteal teith ma Lochaidh,
Bhi ga 'm bualadh ma na sronan,
Bu lion'or claidheamh clais-ghorm comhnard,
Bha bualadh an lamhan Chlann-Domhnuill.
H-i rim, &c.

Sin 'nuair chruinnich mor dhragh na fhalachd,
'N am rusgadh na 'n greidlein tana.
Bha iongnan nan Duimhneach ri talamh,
An deigh an luithean a ghearradh.
H-i rim, &c.

'S lionmhor corp nochta gun aodach,
'Tha na 'n sineadh air chnocain fhraoiche,
O 'n bhlar an greaste na saoidhean,
Gu ceann Leitir blar a chaorainn.
H-i rim, &c.

Dh' innsinn sgeul eile le firinn,
Cho math 'sa ni cleireach a sgriobhadh;
Chaidh na laoich ud gu 'n dicheall
'S chuir iad maoim air luchd am mi-ruin,
H-i rim, &c.

Iain Mhuideartaich nan seol soilleir,
Sheoladh an cuan ri la doillear,
Ort cha d' fhuaradh briste coinnidh,
S ait' leam Barra-breac fo d' chomas.
H-i rim, &c.

Che b' e sud an siubhal cearbach,
A thug Alasdair do dh' Albainn,
Creachadh, losgadh, agus marbhadh;
'S leagadh leis coileach Strath-bhalgaidh.
H-i rim, &c.

An t-eun dona chaill a cheutaidh;
An Sasunn, an Albainn, 's 'n Eirinn,
Is it e a curr na sgeithe,
Cha mhiste leam ged a gheill e.
H-i rim, &c.

Alasdair nan geur lann sgaiteach,
Gheall thu 'n dé a bhi cuir as daibh,
Chuir thu 'n retreuta seach an caisteal,
Seoladh gle mhath air an leantuinn.
H-i rim, &c.

Alasdair nan geur lann guineach.
Na 'm biodh agad armuinn Mhuile;
Thug thu air na dh' fhalbh dhiu fuireach,
'S retreut air pràbar an duileisg.
H-i rim, &c.

Alasdair Mhic Cholla ghasda,
Lamh dheas a sgoltadh nan caisteal;
Chuir thu 'n ruaig air Gallaibh glasa,
'S ma dh'ol iad càl gun chuir thu asd' e.
H-i rim, &c.

'M b' aithne dhuibhse 'n Goirtean-odhar,
'S math bha e air a thothar.
Cha 'n inneir chaorach, no ghobhar;
Ach fuil Dhuimhneach an deigh reothadh.
H-i rim, &c.

Bhur sgrios mu 's truagh leam 'ur caradh,
'G eisdeachd an-shocair 'ur pàistean
Caoidh a phannail bh' ann 's 'n àraich
Donnalaich bhan Earraghàël.
H-i rim, &c.

ORAN NAM FINEACHAN GAELACH.

LE IAIN DUBH MAC IAIN 'IC AILEIN.

'S i so 'n aimsir a dhearbhar
An targanach dhuinn,
'S bras meamnach fir Alba
Fo 'n armaibh air thus;
'N uair dh' éireas gach treun-laoch
Nan éideadh glan ur,
Le run feirg' agus gairge
Gu seirbhis a chruin.

Theid mathaibh na Gaeltachd
Gle shanntach sa chuis,
'S gur lionmhor each seang-mhear
A dhamhsas le sunnd,
Bi'dh Sasunnaich caillte
Gun taing dhaibh ga chionn,
Bi'dh na Frangaich nan campaibh
Gle theann air an cul.

'N uair dh' éireas Clann-Domhnuill
Na leoghainn tha garg,
Na beo-bheithir, mhor-leathunn,
Chonnspunnaich, gharbh,
Luchd sheasamh na corach
Dh'an ordugh lamh-dhearg,
Mo dhoigh gu'm bu ghorach
Dhaibh toiseachadh oirbh.

Tha Rothaich a's Rosaich,
Gle dheonach teachd 'nar ceann,
Barraich an treas seorsa,
Tha chomhnaidh measg Ghall;
Clann Donachaidh cha bhreug so
Gun eireadh libh 's gach am,
Mar sin is clann Reabhair
Fir ghleusta, nach éisd gu'n bhi annt.

'S iad Clann-an-Nab an seorsa
A théid boidheach nan triall,
'S glan comhdach nan comhlainn
Luchd leonadh nam fiadh;
Iad féin a's Clann-Pharlain
Dream àrdanach, dian,
'S ann a b' àbhaist gu 'n àireamh
Bhi 'm fabhar Shiol Chuinn.

Na Leodaich am por glan
Cha b' fholach 'ur siol,
Dream rioghail gun fhotus
Nan goisaid, 's nan sgiath,
Gur neartmhor, ro-eolach
'Ur n-oig-fhir, 's 'ur liath,
Gur e cruadal 'ur dualchas
A dh' fhuasgail sibh riamh.

Clann Iomnhuinn o'n Chréithich
Fir ghle ghlan gu'n smur,
Luchd nan cuilbheirean gleusda
'Nam feuma nach diult:
Thig Niallaich th' air saile
Air bharcaibh nan sugh,
Le 'n cabhlach luath lan-mhor
O Bhàghan nan tur.

Clànn-Illean o'n Dreollainn
Theid sunndach san ruaig
Dream a chlosadh aineart,
Gun taing choisinn buaidh;
Dream rioghail do-chiosaicht,
Nach striochda do'n t-sluagh,
'S iomadh mile deas, direach,
Bheir inntinn dhuibh suas.

Gur guineach na Duimhnich
'N am bhriseadh cheann,
Bi'dh cnuachdan gan spuachdadh
Le cruadal 'ur lann,
Dream uasal ro uaimhreach,
Bu dual bhi san Fhraing,
'S ann o Dhiarmad a shiolaich
Por lionmhor nach gann.

Tha Stiubhartaich ur ghlan
Nam fiurain gun ghiomh.
Fir shunndach nan lu-chleas
Nach tionndaidh le fiamh,
Nach gabh curam roi mhuiseag
Cha b' fhiu leo bhi crion,
Chu ba shugradh do dhu-ghall
Cuis a bhuin dhibh.

Gur lionmhor lamh theoma
  Aig Eoghann Loch-iall,
Fir cholganda, bhorganda,
  'S oirdheirce gniomh,
Iad mar thuilbheum air chorra-ghleus
  'S air chon-fhadh ro dhian
'S i mo dhuilse 'n am rusgadh
  Nach diult sibh dol sios.

Clann-Mhuirich nach soradh
  A chonspairn ud ial,
Dream fhuilteach gun mhor-chuis
  Dha'n coir a bhi fial,
Gur gaisgeil fior-sheolta,
  Ar mor thionail chiad,
Ni sibh spoltadh air feolach
  A stroiceadh fo 'n ian.

Tha Granndaich mar b' abhaist
  Mu bhraidh uisge Spe,
Fir laidir ro-dhaicheil
  Theid dan anns an streup,
Nach iarr cairdeas no fabhar
  Air namhaid fo'n ghrein,
'S i n-ur làmhach a dh' fhàgas
  Fuil bhlàth air an fheur.

Tha Frisealaich ainmeil
  Aig seanachaibh nan crioch,
Fir gharbha ro chalma,
  'Ur fearg cha bu shi;
Tha Catanaich foirmeil
  Si 'n armachd am miann,
'An cath gairbheach le 'r n-armaibh
  A dhearbh sibh 'ur gniomh.

Clann-Choinnich o thuath dhuinn
  Luchd bhuannachd gach cis;
Gur fuasgailteach, luath-lamhach
  'Ur n-uaislean san stri;
Gur lionmhor 'ur tuadh-cheathairn
  Le 'm buailtibh de nì;
Thig sluagh dumhail gu'n chunnta
  A dùthaich Mhic-Aoidh.

Nis o chuimhnich mi m' iomrall,
  'S fàth iunntraichinn iad,
Fir chunnabhalach chumaite,
  Ni cuimse le 'n laimh,
Nach dean iomluas mu aona-chuis
  Chionn iunntais gu bràth,
Gur muirneach ri 'n iomradh
  Clann-Fhiunnlaidh Bhràì'-bhàrr.

Thig Gòrdanaich, 's Greumaich,
  Grad gleusd as gach tìr;
An cogadh rìgh Tearlach
  Gum b' fheumail dha sibh;
Griogaraich nan geur-lann
  Dream speiseil nam pios,
Air leam gum bi 'n eucoir
  'Nuair dh' éighte sibh sios.

Siosalaich nan geur-lann
  Theid treun air chùl arm,
An Albainn 's an Eirinn
  B' è 'ur beus a bhi gàrg,
  An àm dol a bhualadh
B' e 'n cruadal 'ur calg,
  Bu ghuineach ur beuman
'N uair dh' éireadh 'ur fearg.

Nam biodh gach curaidh treun-mhor
Le chéile san àm,
Iad air aon inntinn dhìrich
Gun fhiaradh, gun chàm,
Iad cho cinnteach ri aon fhear,
'S iad tìtheach air geall,
Dh' aindeoin mùiseag nan dù-Ghall,
Thig cùis thar an ceann.

ORAN DO PHRIONNSA TEARLACH.

LE ALASDAIR MAC MHAIGHSTIR ALASDAIR.

O hì-rì-ri, tha e tighinn,
O hì-ri-rì, 'n rìgh tha uainn,
Gheibheamaid ar n'airm 's ar n'éideadh
'S breacan-an-fhéilidh an cuaich!

'S eibhinn leam fhìn tha e tighinn,
Mac an righ dhlighich tha uainn,
Slios mòr rìoghail d'an tig àrmachd,
Claidheamh a's targaid nan dual.
O hi-ri-ri, &c.

'S ann a tighinn thar an t-sàile,
Tha 'm fear ard a's àille snuadh,
Marcaiche sunndach nan stéud-each,
Rachadh gu h-eutrom san ruaig.
O hi-ri-ri, &c.

Samhuilt an fhaoillich a choltas,
Fuaradh froise 's fada cruaidh,
Lann thana 'na 'laimh gu cosgairt,
Sgoltadh chorp mar choirc' air cluain.
O hi-ri-ri, &c.

Tòrman do phìoba 's do bhrataich,
Chuireadh spiorad bras san t-sluagh,
Dhèireadh ar n-àrdan 's ar n-aigne,
'S chuirt' air a phrasgan ruaig!
O hi-ri-ri, &c.

Tairneanach a *bhombh* 's a *channain*,
Sgoilteadh e'n talamh le' chru'as,
Fhreagradh dha gach beinn a's beallach,
'S bhodhradh a mhac-tall ar cluas!
O hi-ri-ri, &c.

Gur mairg d'an éideadh san là sin,
Còta granda 'n mhàdar ruadh,
Ad bhileach dhubh a's *coc*-àrd innt',
Sgoilteas mar an chàl ro'n chruaidh.
O hi-ri-ri, &c.

AN RIBHINN ALUINN EIBHINN OG.

LE ROB DONN MAC-AOIDH.

Tha Deòrs' air a' Mhàidsear
Ro dhán' ann an cainnt,
An rìbhinn àluinn, éibhinn, òg.
Sìor chur an céill,
Gu robh é-san fo *staint**
An rìbhinn àluinn, éibhinn òg.
Ach 'nuair thèid an t-òsd,
Mu 'n bhòrd ann an rancaibh,
Olaidh e gu càirdeach,
Deoch-slainte na baintighearn,
Bidh h-uile fear do chàch,
Mach o Sàlaidh, toirt taing dha,
An rìbninn àluinn, éibhinn, òg.

* E bhi cheana pòsd'

Mu 'm faca mo shùil thu,
'S e 'n cliù ort a fhuair mi,
A rìbhinn àluinn, éibhinn òg.
Mar gu'm bu bhan-dé thu,
Gu 'n géilleadh an sluagh dhut,
A rìbhinn àluinn, éibhinn òg.
Shaoil leam gu'm bu bhòsd,
A chuid mhòr bhasa luaidh riut,
Gus do shìn an ceòl,
Sa sin gun tug iad a suas mi,
Ach chreid mi h-uile drannd dheth,
'S an danns 'n uair a ghluais thu,
A rìbhinn àluinn, éibhinn, òg.

Shuidh mi ann an cùil,
Mar gu 'n duisgeadh á *tranns* mi,
A rìbhinn àluinn, êibhinn, òg.
Is dh'amhairceadh an triùir ud,
Le 'n sùilean, 's le sannt ort,
A rìbhinn àluinn, éibhinn, òg.
Do réir mar a dh-fhaodains'
A h-aodann a rannsachadh,
Dhùraigeadh Salaidh,
Am Maidsear 'n a' bhantrach;
Tha aoibhneas air Deòrsa,
Mu 'n bhròn bh' air a' Ghranndach,
An rìbhinn àluinn, eibhinn, òg.

Cha 'n 'eil a h-aon,
'S a' *Bhatàillean* d' an eòl thu,
A rìbhinn àluinn, éibhinn, òg.
Nach 'eil ort a bruadar,
Mas fuasgailt' no pòsda,
A rìbhinn àluinn, éibhinn, òg.
Gus an ruig e Tearlach,
Am maisdear a b' òige;

Ged bu chruaidh aìnm
Ann an armailt rìgh Deòrsa,
Chaoch'leadh e faobhar,
Le gaol fo do chòir-sa,
A rìbhinn àluinn, éibhinn, òg.

Am fear a bhios an gaol,
Cha 'u fhaodar leis 'fhuadach,
A rìbhinn àluinn, éibhinn, òg.
'S ann is cruaidh a 'chàs,
Gus am pàidhear a dhuais dha,
A rìbhinn àluinn, eibhinn, òg.
Fuiligidh mi sùil,
No fuiligidh mi cluas dhiom,
Ma tha aon d 'n triùir ud,
As tric thasa luaidh' riut,
Cho tinn le do ghaol,
Ris an aon fhear a's fuath leat,*
A rìbhinn àluinn, éibhinn, òg.

'S e 'n t-aobhar nach ordaichinn,
Salaidh do 'n a Chòirneil,
An rìbhinn àluinn, éibhinn, òg.
Eagal gu 'm bitheadh càch
Ann an naimhdeas r' a bheò dha,
An rìbhinn àluinn, éibhinn, òg.
Creutair cho caoimhneil riut,
Is maighdeann cho bòidhche,
Ri! bu mhòr an diobhail,
Gu 'n cailleadh tu g' a dheòin iad,
Suiridhich an t-saoghail,
Le aon fhear a phòs dh,
A rìbhinn àluinn, éibhinn, òg.

B'e Rob Donn féin "an aon fhear a b' fhuath leatha."

CEAD-DEIREANNACH NAM BEANN.

LE DONNACHADH BAN MAC-AN-T-SAOIR.

Bha mi'n dé 'm Beinn-dòrain,
'S na còir cha robh mi aineolach,
Chunna mi na gleanntan
'S na beanntaichean a b'aithne dhomh;
Be sin an sealladh éibhinn
Bhi 'g imeachd air na sléibhtibh,
'Nuair bhiodh a ghrian ag éiridh,
'Sa bhiodh na féidh a langanaich.

'S aobhach a ghreidh uallach,
'Nuair ghluaiseadh iad gu farumach,
S' na h-éildean air an fhuaran,
Bu chuannar na laoigh bhallach ann;
Na maoisichean 's an ruadh-bhuic,
Na coilich dhubh a's ruadha,
'S e'n ceòl bu bhinne chualas
'Nuair chluinnt' am fuaim 'sa chamhanaich.

'S togarach a dh' fhalbhainn
Gu sealgaireachd nam beallaichean,
Dol 'mach a dhìreadh garbhlaich,
'S gu'm b'ana-moch tigh'nn gu baile mi;
An t-uisge glan san t-àile
Thar mullach nam beann arda,
Chuidich e gu fàs mì;
'Se rinn domh slàinnt a's fallaineachd,

Fhuair mi greis de'm àrach
Air àiridhean a b' aithne dhomh,
Ri cluiche, 's mire 's màran,
An caoimhneas blàth nan caileagan;
Bu chùis an aghaidh nàduir
G'um maireadh sin an dràst ann,
'S b' éigin bhi ga'm fàgail
'Nuair thàinig tràth dhuinn dealachadh

'Nis o'n bhuail an aois mi,
Fhuair mi gaoid a mhaireas domh
Rinn milleadh air mo dheudach,
'S mo léirsinn air a dalladh orm;
Cha'n urrainn mi bhi treubhach,
Ged' a chuirinn feum air,
'S ged' bhiodh an ruaig am' dhéigh-sa,
Cha dean mi ceum ro chabhagach.

Ged' tha mo cheann air liathadh,
'S mo chiabhagan air tanachadh,
'S tric a leag mi mial-chù
Ri fear fiadhaich ceannartaich;
Ged' bu toigh leam riamh iad,
'S ged' fhaicinn air an t-sliabh iad,
Cha téid mi 'nis g'an iarraidh
O'n chaill mi trian na h-analach.

Ri àm dol anns a bhùireadh,
Bu dùrachdach a leanainn iad,
'S bhiodh uair aig sluagh na duthcha,
'Toirt òrain ùra 's rannachd dhaibh;
Greis eile mar ri càirdean,
'Nuair bha sinn anns na Càmpan,
Bu chridheil anns an àm sinn;
'S cha bhiodh an dràm oirnn annasach.

'Nuair bha mi 'n tòiseach m' òige,
'S i ghòraich a chum falamh mi;
'S e fortan tha cuir oirne
Gach aon ni còir a' ghealladh dhuinn;
Ged' tha mi gann a stòras,
Tha m' inntinn làn de shòlas,
O'n tha mi ann an dòchas
Gu'n d'rinn nigh'n Dheòrs' an t-aran domh.

Bha mi 'n dé 'san aonach,
'S bha smaointean mòr air am' aire-sa,
Nach robh 'n luchd-gaoil a b'àbhaist
Bhi siubhal fàsaich mar rium ann,
'Sa bheinn is beag a shaoil mi,
G'un deanadh ise caochladh;
O'n tha i 'nis fo chaoirich,
'S an thug an saoghal căr asam.

'Nuair sheall mi air gach taobh dhiom,
Cha'n fhaodainn gun bhi smalanach,
O'n theirig coill' a's fraoch ann,
S na daoine bh'ann, cha mhaireann iad
Cha'n 'eil fiadh r'a shealg ann,
Cha'n 'eil eun no earb ann,
'M beagan nach 'eil marbh dhiubh,
'Se rinn iad falbh gu baileach as.

Mo shoraidh leis na frìthean,
O's mìobhailteach na beannaibh iad,
Le biolair uainne a's fìor-uisg,
Deoch uasal rìmheach, cheanalta,
Na bhàrran a tha prìseil,
'S na fàsaichean tha lionmhor,
O's àit a leag mi dhiom iad,
Gu bràth mo mhìle beannachd leo!

ORAN A BHOTAIL.

LE DONNACHADH BAN.

'Nuair a shuidheas sinn socrach
'S a dh-òlas sinn botal,

Cha'n aithnich ar stoc bhuainn
Na chuireas sinn ann;
Thig onoir a's fortan
Le sonas a chopain,
Gu'r son nach bi deoch oirnn
Mu'n tog sinn ar cean?
Bheir an stuth grinn oirnn
Seinn gu fileanta,
Chuir a thoil-inntinn
Binneas n'ar cainnt,
Chaisg i ar 'n ìota
'N fhìor dheoch mhilis,
Bu mhuladach sinne,
Na 'm biodh i air chall.

Deoch slàinnte nan gaisgeach
Nan Gàëlibh gasda,
Gu'm b' àbhaist mar fhasan,
Bhi pòit air an drám,
Luchd gaoil an stuth bhlasda,
'S air dhaoirid an lacha,
Nach caomhnadh am beartas
A sgapadh 'san àm.
Fear g'am beil nì
Gheibh e na shireas e,
Fear a tha crionda
Fanadh e thàll;
Fear a tha mì'or
Cha'n fhuilig sinn' idir e,
'S am fear a bheil grinneas
Théid iomain a nàll.

'S ro rìoghail an obair
Sruth brìogar na togalach,
Ioc-slainnt a bhogaicheas
Cridhe tha gann;

'S e chuireadh an sòdan
Air fear a bhìodh togarrach,
'S chuireadh e 'm bodach
A' fearr á bhiodh teann.
Cha 'n 'eil e 'san tir,
Uasal no cumanta,
Nach 'eil air thì
Gach urram a th' ann,
Ge do bhiodh strì
Mu thogail na muirichean,
Cia mar is urrainn sinn
Fuireach bho'n dràm?

Tha e fionnar do'n chreabhaig
A h-uile la gréine
Thig teas o na speuraibh
Thar sléibhtean nam beann,
'S e math ri la reòta
Chuir blàth's ann am pòraibh
An fhir théid g'a dheòin
An taigh-òsda na dheann.
Cuiridh e sunnd
Air muinntir eireachdail,
Timcheall a bhùird
S cuid eile dhiubh damhs';
Thogamaid fonn
Neo-throm a's ceileirin,
'S freagarrach sheinneas sinn
Deireadh gach rann.

O'n shuidh sinn cho fada,
'S gu'n dh-òl sinn na bh'againn,
'S i chòir dol a chadal
O'n thàinig an t-ám,
Cha'n fhòghnadh ach paillteas
Thoirt sòlas ga'n aigneadh,

Deoch mhòr anns a mhadainn
Gu leigheas ar ceann,
Am fear tha gun chli,
Cuiridh e spiorad ann.
Togaidh e crì
Gach fear a tha fann,
Théid am fear tinn
Gu grinn air mhirreadh;
'S e leigheas gach tinnis,
Deoch mhilis an dràm.

MARBH RANN AN UGHDAIR DHA FEIN.

LE DONNACHADH BAN.

Fhir tha 'd sheasamh air mo lic
Bha mise mar tha thu'n dràst;
Si mò leaba 'n diugh an uaigh,
Cha'n'eil smior no smuais a'm' chnàimh:
Ged' tha thusa làidir, òg,
Cha mhair beo, ged' fhuair thu dàil;
Gabh mo chomhairle 's bi glic,
Cuimhnich tric gu'n tig am bàs.

Cuimhnich t-anam a's do Shlànuigh'r,
Cuimhnich Phàrras thar gach àit;
Gabh an cothrom gu bhi sàbhailt
Ann an gàirdeachas gu bràth;
Ged' a thuit sinn anns a ghàradh
Leis an fhàilling a rinn Adh'mh,
Dh'èirich ar misneach as ùr
'Nuair fhuair sinn Cùmhnant 'nan Gràs.

Cuimhnich daonnan a chur romhad,
Gu'n coimhead thu a h-uile àithn',
O'se cumhachdan an ard rìgh
Rinn am fàgail air dà chlàr;
Chaidh sin liubhairt do Mhaois;
Rinn Maois an liubhairt do chàch;
Na'm b'urrain sinne ga'm freagradh,
Cha b'aobhar eagail am bàs.

Caochladh beatha th' ann 's cha bhàs,
Le beannachadh gràsmhor, buan;
Gach neach a ni a chuid is fearr,
'S math 'n t-àit am faigh e dhuais;
Cha bhi'n t-anam ann an càs,
Ged' tha'n corp a' tàmh 's an uaigh,
Gus an latha'n tig am Bràth
'S an éirich sliochd Adhaimh suas.

Seinnear an tròmpaid gu h-àrd,
Cluinnear 's na h-uile àit' a fuaim;
Dùisgear na mairbh as a bhlàr
'N do chàràich càch iad 'nan suain.
'S mheud 'sa chailleadh le an-uair,
No le annradh fuar a chuain;
Gu sliabh Shioin théid an sluagh,
Dh' fhaotain buaidh le fuil an Uain.

Gheibh iad buaidh, mar fhuar an sìol,
A chinn lìonmhor anns an fhònn;
Cuid deth dh'fhàs gu fallain, dìreach,
'S cuid na charran ìosal cròm:
Gleidhear a chuid a tha lìonntach,
'Am beil brìgh a's torradh tròm;
Caillear a chuìd a bhios aotrom,
'S leigear leis a ghaoith am moll.

Cha'n'eil bean na duine beò,
Na lànain phòsda nach dealaich;
Bha iad lìonmhor sean a's og.
Ar luchd-eòlais nach 'eil maireann:
Cha b'e sin an t-aobhair bròin
Bhi ga'n cuir fo'n fhòid am falach,
N'am biodh am bàs na bhàs glan,
Cha bu chàs talamh air thalamh.

Ghabh mi 'nis mo chead do'n t-saoghal,
'S do na daoine dh'fhuirich ann;
Fhuair mi greis gu sunndach aotrum,
'S i 'n aois a rinn m 'fhàgail fann:
Tha mo thàlantan air caochladh,
'S an t-aog air tighinn 's an àm;
'S e m' achanaich air sgàth m' Fhear-saoraidh,
Bhi gu math 's an t-saoghal thàll.

LATHA CHUILODAIR.

LE IAN RUADH STIUBHART.

AIR FONN—"*Mort Ghlinne Comhann.*"

O! gur mor mo chuis mhulaid,
'S mi ri caoine na guin a ta 'm tnir,
A rìgh! bi laidir ' tu 's urrainn,
Ar naimhdean a chumail fo chìs
Oirnne 's laidir diuc Uilleam,
'N rag mheirleach tha guin aige dhuinn;
B'e sud salchar nan steallag,
Tigh'n an uachdar air chruineachd an fhuinn.

Mo chreach Tearlach ruadh, boidheach,
Bhi fo bhinn aig rìgh Deorsa nam biasd;
B'e sud dìteadh na còrach,
An fhirinn 'sa beul foipe sios;
Ach a rìgh mas a deoin leat,
Cuir an rìoghachd air seol a chaidh dhinn,
Cuir rìgh dligheach na còrach,
Ri linn na tha beo os ar cinn.

Mo chreach armailt nam breacan,
Bhi air sgaoileadh 's air sgapadh 's gach àit,
Aig fior bhalgairean Shasuinn,
Nach do ghnathaich bonn ceartas na'n dail;
Ged a bhuannaich iad baiteal,
Cha b'ann da 'n cruadal na 'n tapadh a bha,
Ach gaoth n-iar agus frasan,
Thigh'n a nios oirnn bharr machair nan Gall.*

S truagh nach robh sinn an Sasunn,
Gun bhi cho teann air ar dachaidh sa bha,
'S cha do sgaoil sinn cho aithghearr,
Bhiodh ar dicheall ri seasamh n'a b' fhearr;
Ach 's droch dhraoidheachd a's drachdan,
Rinneadh dhuinne mu 'n deachas na 'n dail,
Air na frìthean eolach do sgap sinn,
'S bu mhi-chomhail gun d' fhairtlich iad oirnn.

Mo chreach mhor! na cuirp ghlé-gheal,
Tha na 'n laidh' air na sleibhtean ud thall.

* Allusion is here made to Nairn, where the Duke of Cumberland was celebrating his birth-day on the night preceding the battle. Thither the Highlanders wended their way, expecting to take him by surprise; but it blew in their faces a tremendous storm of rain and wind, and frustrated the attempt. The storm continued next day, and tended materially to discomfit the operations of the mountaineers in the commencement, and ultimately to their total and precipitate rout.

Gun chiste gun leintean,
Ga 'n adhlaiceadh fhein anns na tuill;
Chuid tha beo dhiu 'n deigh sgaoileadh,
'S iad ga fògar le gaothan thar tuinn;
Fhuair a Chuigs' a toil fein dinn,
'S cha chan iad ach "réubaltaich" ruinn.

Fhuair na Gaill sinn fo 'n casan,
'S mor a nàire 'sa masladh sid leinn,
N deigh ar dùthcha 's ar 'n àite,
A spùilleadh 's gun bhlaths againn ann;
Caisteal Dhuinidh 'n deigh a losgadh,
'S e na laraich lom, thosdach, gun mhiagh;
Gu 'm b'e 'n caochala' goirt e,
Gu 'n do chaill sinn gach sochair a b' fhiach.

Cha do shaoil leam, le m' shùilean,
Gu 'm faicinn gach cùis mar a tha,
Mur spùtadh nam faoilleach,
'N am nan luidhean a sgaoileadh air blàr;
Thug a chuibhle car tionndaidh,
'S tha ioma fear aime-cheirt an càs;
A Rìgh seall le do chaoimhneas,
Air na fir th' aig na naimhdean an sàs.

'S mor eucoir 'n luchd orduigh,
An fhuil ud a dhortadh le foill;
Mo sheachd mallachd aig Deorsa, †
Fhuair e 'n lath' ud air ordugh dha fein;
Bha 'n da chuid air a mheoirean,
Moran gìogan gun trocair le foill;
Mheal e sinne le chòmhra',
'S gu 'n robh ar barail ro mhor air r'a linn.

† Lord George Murray.

Ach fhad 'sa 's beo sinn r'ar latha,
  Bi'dh sinn caoidh na ceathairn chaidh dhinn,
Na fir threubhach bha sgairteil,
  Dheanadh teugbhail le claidheamh 's le sgiath;
Mur biodh siantan 'n ar n' aghaidh
  Bha sinn shios air ar 'n agairt gu dian,
'S bhiodh luchd Beurla na 'n laidhe,
  Ton-air-cheann, b'e sid m'aighear's mo mhiann.

Och nan och! 's mi fo sprochd,
  'S mi 'n dràsda ri osnaich leam fein
'G amharac feachd an dù-Rosaich,
  'G ithe féur agus cruineachd an fhuinn
Rothaich iargalt a's Cataich,
  Tigh'n a nall le luchd chasaig a's lann,
Iad mar mhiol-choin air acras,
  Siubhal criochan, charn, chlach, agus bheann.

Mo chreach! tìr air an tainig,
  Rinn sibh nis clar reidh dh'i cho lom,
Gun choirce gun gl-nàisich,
  Gun siol taght' ann am fàsach na 'm fonn
Pris na circ air an spàrdan,
  Gu ruige na spàinean thoirt uainn,
Ach sgrios na craoibhe f'a blà dhiubh,
  Air a crionadh fo barr gus a bonn.

Tha ar cinn fo 'na choille,
  'S eigin beanntan a's gleannan thoirt oirnn,
Sinn gun sùgradh gun mhacnus,
  Gun eibhneas, gun aitneas, gun cheol,
Air bheag bìdhe no teine,
  Air na stùcan an laidheadh an ceò,
Sinn mar chomhachaig eile,
  Ag eisdeachd ri deireas gach lò.

AM FEILE PREASACH.

LE COINNEACH MAC-CHOINNICH.

'S e feile preasach tlachd mo rùin,
'S osan nach ruig faisg an glùn,
'S cota breac nam basan dlù,
'S bonaid dhù-ghorm thogarrach.

B' annsa leam am féile cuaich,
Na casag de 'n aodach luaight',
'S brigis nan ceannglaichean cruaidh,
Gur e'n droch-uair a thogainn dh'i.
'S e feile preasach, &c.

Tha mo rùn do'n eideadh lăs,
Cuach an fhéilidh nan dlù bhăs,
Shiubhlain leis 's na sléibhtean căs,
'S rachainn brais air obair leis.
'S e feile preasach, &c.

Ge'd a tharlainn ann sa' bhéinn,
Fad na seachduin 's mi leam féin,
Fuachd na h-oidich' cha dean dhomh beud,
Tha 'm breacan fhéin cho caidearach.
'S e feile preasach, &c.

Shiubhlain leis feadh ghleann a's sleibh,
'S rachainn do'n chlachan leis fhéin,
Tlachd nan gruagach ' uaill nan steud,
S è deas gu feum n'an togramaid.
'S e feile preasach, &c.

'S ealamh eadrom è sa' ghleann,
'S cuilbheir réidh fo' sgéith gun mheang,
A dh'fhagaidh udlaich ceir-gheal fánn,
A bheireadh srann sa leagadh e.
'S e feile preasach, &c.

Am féileadh air am beil mi'n geall,
Dealg nar guaillibh suas gun fheall,
Crios ga ghlasadh las neo-theann,
'S biodh e gach am gu baganta.
'S e feile preasach, &c.

'S ann leam bu taitneach è bhi n-àird,
'Nam dhomh tachairt ri mo ghràdh,
B'fhearr leam seachduin dheth na dhà
De bhrigis ghrainnde rag-sheallach.
'S e feile preasach, &c.

'S caomh a'n t-éide 'm breachdan ûr,
'S ann air féin a dh'eireadh cliù,
Mar sin 's buaigh-larach ann 's gach cùis,
'S e dheanadh turn gun eagal air.
'S e feile preasach, &c.

'N am do ghaisgich dol air feum
Gàël ghast gu sracadh bhéin,
Piob ga spalpadh 's anail réidh,
A chuireadh eud a's fadadh annt.
'S e feile preasach, &c.

B'e sud caismeachd àrd mo rùin,
Cronan gàireach, bàrr, gach ciùl,
Brais phuirt mheara, leanadh dlù,
Clìath gu lùghor grad-mheurach.
'S e feile preasach, &c.

Nuair a ghlact' san achlais ì,
Beus bu taitnich chuna' mì,
Siunnsair pailt-thollach gun dì—
Os cìonn a chinn gu fad-chrannach.
'S e feile preasach, &c.

'S i 's boiche dreach 'sa 's tlachdmhor snuagh,
Tartrach, sgairteil, brais phuirt luath,
Muineal cròm air uchd nam buaigh,
Chluinnte fuaim 'nuair ragadh i.
'S e feile preasach, &c.

A ri! bu ruith-leumach na meoir,
Dànnsa brais m'un seach gun leon,
Is iad air chrith le mire gleòis,
Chluinnte sròl gu farumach.
S' e feile preasach, &c.

Bheireadh i air ais gu fònn
An cridhe dh'fhàs gu tùrsach, tròm,
'S chuireadh i spioraid 's gach soun
Gu dol air am gu spadaireachd.
'S e feile preasach, &c.

Fhuair i 'n t-urram thar gach ceòl,
Cuiridh i mìsneach 's 'gach feoil,
Togaidh i gu aird nan neoil,
Inntinn seoid gu baitealach
'S e feile preasach, &c.

FEASGAR LUAIN.

LE UILLEAM ROS.

Feasgar Luain, a's mi air chuairt,
G'un cualas fuaim nach b' fhuathach leam,
Ceòl nan teud gu h-òrdail, reidh,
A's coisir da reir os a chionn;

Thuit mi 'n caochladh leis an ioghnadh,
A dh-aisig mo smaointean a null,
'S chuir mi 'n ceill gu'n imichinn céin,
Le m'aigneadh fein, 's e co'-strèap rium.

Chaidh mi steach an ceann na còisir,
An robh òl a's ceòl as dànns',
Ribhinneau, a's fleasgaich òga,
'S iad an ordugh grinn gun mheang;
Dhearcas fa leath air na h-òighean,
Le rösg foil a null 'sa nall,
'S ghlacadh mo chridhe, 's mo shùil cò'ladh,
'S rinn an gaol mo leòn air ball!

Dhiuchd mar aingeal, ma mo choinneamh,
'N ainir òg, bu ghrinne snuadh;
'Seang shlios fallain air bhlà canaich,
No mar an eal' air a chuan;
Suil ghorm, mheallach, fo chaoil mhala
'S caoin' a sheallas 'g amharac uath,
Beul tlà, tairis' gun ghnè smalain,
Dha'n gnà carthannachd gun uaill.

Mar ghath gréin' am madainn cheitein,
Gu'n mheath i mo leirsinn shùl,
'S i ceumadh ùrlair gu réidh, iompaidh,
Do reir pugannan a chiùil;
Ribhinn mhòdhail, 's fior-ghlan fòghlum,
Dh-fhion-fhuil mhòrghalach mo rùin,
Reull nan òighean, grian gach còisridh,
'S i'n chiall chòmhraidh, cheòl-bhinn, chiùin.

'S tearc an sgeula sunnailt t-éugaisg,
Bhi ri fheatainn san Roinn-Eörp,
Tha mais', a's feile, tlachd, a's ceutaidh,
Nach facas leim fein fa m' chòir,

Gach cliù a' fàs riut mùirn, 's an àillteachd
An sùgradh, 's a màran beoil,
'S gach buaidh a b'ailli, bh' air *Diana*,
Gu leir mar fhagail, tha aig Mòir.

'S bachlach, duallach, cäs-bhuidh,' cuachach,
Càradh suaineas gruaig do chinn,
Gu h-ăluinn, bòidheach, faineach, òr-bhuidh',
An caraibh seòighn' 'san òrdugh grinn,
Gun chron a'fàs riut, a dh' fheut' aireamh,
O do bharr gu sàil do bhuinn;
Dhiuchd na buaidhean, òigh, mu'n cuairt dut,
Gu meudachdain t-uaill 's gach puing!

Bu leigheas éugail, slan o'n Eug,
Do dh' fhear a d' fheudadh bhi ma d' chòir,
B' fhearr na'n cadal bhi na t-fhagaisg,
'G éisdeachd agallaidh do bheoil;
Cha robh *Bhenus* a measg leugaibh,
Dh' aindeoin féucantachd cho boidh'ch,
Ri mùirninn mhìn, a leon mo chridh',
Le buaidhean,' 's mi 'g a dìth ri m' bheo'.

'S glan an fhion-fhuil as na fhriamhaich
Thu, gun fhiarradh mhiar, mo mheang,
Cinneadh mòrghalach, bu chrodha,
Tional cò'ladh cho'-stri lànn,
Bhuin'eadh cùis a bharr nan dù'-Ghall,
Sgiursadh iad gu'n dùthchas thall,
Leanadh ruaig air Cătaich fhuara,
'S a toirt buaidh orr' anns gach ball.

Tha cabar-féidh an dluth's do reir dhut,
Nach biodh easlaineach san strì,
Fir nach ŏbabh leis ga'n togail
Dol a chogadh 'n aghaidh rìgh,

Bu cholgail, faiceant' an stoirm feachdaidh,
Armach, breacannach, air, tì
Dol 'san iomairt gun bhonn gioraig,
S nach pilleadh gu dhol fo chìs.

'S trom leam m' osna', 's cruai' leam m'fhortan
Gun ghleus socair, 's mi gun sunnt,
'S mi ri smaointinn air an aon rùn,
A bhuin mo ghaol d'a chionn.
Throm na Dùilean peanas dùbailt,
Gu mis' umhlachadh air ball,
Thàladh *Cupid* mi san dùsal,
As na dhùisg mi bruite, fann!

Beir soraidh buam do'n ribhinn shuairc',
De'n chinneadh mhòr a's uaisle gnàs,
Thoir mo dhùrachd-sa g'a h-ionnsaidh,
'S mi 'n deagh rùn d'a cùl-bhuidh' bàn.
'S nach bruadar cadail a ghluais m'aigne,
'S truagh nach aidich é dhomh tàmh,
'S ge b'ann air chuairt, no thall an cuan,
Gu'm bi mi smuainteach ort gu bràth.

MOLADH NA H-OIGHE GAELICH.

LE UILLEAM ROS.

A Nighean bhòidheach
An òr-fhuilt bhachalaich,
Nan gorm-shùl mìogach,
'S nam mìn bhas sneachda-gheal,
Gu'n siubhlain reidhleach
A's sleibhtean Bhreatuinn leat,
Fo earradh sgaoilte,
De dh'aodach breacain orm,

S e sud an t-éideadh
Ri 'n eireadh m'aigne-sa,
'S mo nighean Ghàëlach,
Aluinn agam ann;
O bheul na h-òidhche
Gu soills' na madainne,
Gu'm b'ăit n-ar sùgradh
Gun dùsal cadail oirnn.

'Ged' tha na bain-tighearnan
Gallda, fasanta,
Thug òigh na Gàëlig,
Barr am mais' orra,
Gur annir sheòighn i
Gun sgòid ri dearc' oirre,
'Na h-earradh glé-mhath
De dh'eudadh breacanach.

Gur foinnidh, mìleanta
Direach, dreachmhor, i,
Cha lùb am feoirnean
Fo bròig 'nuair shaltras i;
Tha deirge a's gile
Co-mhire gleachdanaich,
'Na gnùis ghil, éibhinn,
Rinn ceudan airtneulach.

Réidh dheud chomhnard
An ordugh innealta,
Fo bhilibh sàr-dhaitht'
Air blàth *bhermillian;*
Tha h-aghaidh nàrach
Cho làn de chinealtachd,
'S gun tug a h-aogas,
Gach aon an ciomachas.

Gur binne cómhradh
Na òraid fhileanta,
Tha guth ni's ceòlmhoir',
Na òigh-cheol binn-fhaclach,
Cha laidheadh bròn oirnn,
No leon, no iomadan,
Ri faighinn sgeul duinn
O bheul na finne sin.

'Nuair thig a Bhealltainn,
'S an Samhradh lŏsanach,
Bi'dh sinn air àiridh,
Air àrd nan uchdanan,
Bi'dh cruit nan gleanntan
Gu canntair, cuirteasach,
Gu tric gar dùsgadh
Le sùrd gu moch-eiridh.

'S bi'dh 'n crodh, 's na caoirich,
'S an fhraoch ag inealtradh,
'S na gobh'raibh bailg-fhionn,
Gu ball-bhreac, bior-shuileach,
Bi'dh 'n t-àl 's an leimnich
Gun cheill, gun chion orra,
Ri gleachd 's ri còmhrag
'S a snòtach bhileagan.

Bi'dh mise, a's Màiri
Gach là 's na glacagan,
No'n doire géugach
Nan éunan breac-iteach,
Bi'dh cuach, a's smeòrach,
Ri ceòl 's ri caiseamachd,
S' a gabhail òrain
Le sgòrnain bhlasda dhuinn.

CUMHADH A'BHAIRD AIR SON A LEANNAIN.

LE UILLEAM ROS.

AIR FONN—"*Farewell to Lochaber.*"

Ged' is socrach mo leabaidh,
Cha'n e'n cadal mo mhiann,
Leis an luasgans' th'air m'aigneadh,
O cheann fad' agus cian,
Cu 'm beil teine na lasair,
Gun dol as na mo chliabh,
Tabhairt brosnachadh géur dhomh,
Gu bhi 'g éiridh 'sa triall.

CO'-SHEIRM.

Seinn éibhinn, seinn, éibhinn,
Seinn éibhinn an dàil,
Seinn éibhinn bhinn éibhinn,
Seinn éibhinn, gach là,
Seinn éibhinn, binn eatrom,
Seinn éibhinn, do ghnà
Seinn éibhinn, seinn éibhinn,
Chuireadh m' easlain gu làr.

Tha mi còrr a's trì bliadhna,
Air mo lionadh le gaol,
'S gach aon là dhiu stiùireadh,
Saighead ùr ann mo thaobh;
Cia mar 's leir dhomh ni taitneach,
Dh'aindeoin pailteas mo mhaoin?
'S mi as éugmhais do mhàrain,
Bhiodh gun ardan rium saor,
Seinn eibhinn, &c.

'S e do mhàran bu mhiann leam,
'S e tigh'n' gun fhiabhras gun ghruaim,

Mar ri blasdachd na h-òraid,
'S e bu cheòl-bhinne fuaim;
Dh'eireadh m' inntinn gu h-àbhachd,
Ri linn bhi 'g aireamh gach buaidh,
A bha co'-streup ri mo leannan
Baindidh, farsada, suairc.'
Seinn eibhinn, &c.

'S gur gile mo leannan
Nan eal' air an t-snàmh,
Gur binn' i na'n smeòrach,
Am barraibh rò chrann sa mhàigh,
Gur e geamn'achd a beusan,
'S i gun eacoir na càil,
A lùb mise gu geilleadh
Air bheag eigin na gradh.
Seinn eibhinn, &c.

Gu'm beil maise na h-eudann,
Nach feudainn-s a luaidh,
Tha i pailt ann an ceutaidh,
'S an ceill a thoirt buaidh,
Gun a coimeas ri featainn
Ann an speis, san taobh-tuath,
M' òg mhìn-mhala bhaindidh,
Thogadh m' inntinn o ghruaim,
Seinn eibhinn, &c.

'S ge do bhithinn an éugail,
Agus leigh air toirt dùil,
Nach biodh furtachd an dàn domh,
Ach am bàs an gearr ùin',
Chuireadh eugas mo mhin-mhal',
Mo mhi-ghean air chùl,
Iacainn binneas na smeòraich
A's gheibhinn sòlas as ùr.
Seinn eibhinn, &c.

Ge binn cuach 's ge binn smeòrach,
'S ge binn coisir, 's gach crann,
Seinn ciùil dhomh 'n coill smùdain,
Theich mo shùgradh-s' air chall—
Tha mi daonnan a smaointeach,
Air mo ghaol ann sa' ghleann
'S mi air tuiteam am mi-ghean,
Gun a brìodal bhi ann.
Seinn eibhinn, &c.

Nuair a bhithinn-'s 's mo mhìn mhal',
An gleannan rìmheach na cuaich,
No 'n doire fasgach na smeòraich,
Gabhail sòlais air chuairt;
Cha mhalairtinn m' éibhneas
O bhi ga h-eugmhais car uair,
Air son stèras fhir-stàta,
Dh' aindeoin airdead an uaill.
Seinn eibhinn, &c.

Ge bu rìgh mi air Albainn,
Le cuid airgeid a's spréidh
B'e mo raghainn mo mhín-mhal',
Thar gach ribhinn dhomh fein,
Cha bu shuaimhneas gu bàs domh
N' aon àite fo 'n ghréin,
'S mi as eugmhais do mharain,
Gus mo thearnadh o bheud.
Seinn eibhinn, &c.

Ach mosg'leam tharais a mi-ghean,
'S cuiream dìth air mo ghruaim,
Beò ni's faide cha bhi mi
Gun mo mhìn-mala shùairc!

Oig mhìn beir mo shoraidh
  Leat na choirean so shuas,
Seinn mo rùin ann sa' ghleannan,
  'S tuigidh 'n callin e bhuat.
    Seinn eibhinn, &c.

CUACHAG NAN CRAOBH.

LE UILLEAM ROS.

Chuachag nan craobh, nach trua' leat mo chaòi'
  'G ôsnaich ri òidhch' cheothar—
Shiubhlainn lem' ghaol, fo dhubhar nan craobh,
  Gu'n duin' air an t-saoghal fheòraich,
Thogainn ri gaoith am monadh an fhraoich,
  Mo leabaidh ri taobh dòrain—
Do chrùtha geal caomh sìnte ri m' thaobh,
  'S mise ga'd chaoin phògadh.

Chunna' mi féin aisling, 's cha bhreug,
  Dh-fhag sin mo chré brònach,
Fear mar ri tè, a pògadh a beul,
  A brìodal an deigh pòsaidh,
Dh'ùraich mo mhiann, dh'ath'rich mo chiall,
  Ghul mi gu dian, dòimeach,
Gach cuisle agus féith, o iochdar mo chléibh
  Thug iad gu leum co'-lath!

Ort tha mo gheall, chaill mi mo chonn,
  Tha mi fo throm chreuchdan,
Dh'aisigeadh t-fhonn slainte dom' chom,
  Dhiuchdadh air lom m' éibhneas,
Thiginn ad dhàil chuirinn ort fàilt',
  Bhithinn a ghraidh reidh riut—
M'ulaidh 's mo mhiann, m' aighear 's mo chiall,
  'S ainnir air fiamh gréin' thu!

Thuit mi le d'ghath, mhill thu mo rath,
Striochd mi le neart dòrain
Saighdean do ghaoil sàit' anns gach taobh,
'Thug dhiom gach caoin co'-lath,
Mhill thu mo mhais, ghoid thu mo dhreach,
'S mheudaich thu gal bròin dhomh;
'S mar fuasgail thu trà, le t-fhuran 's le t-fhailt'
'S cuideachd am bàs dhomh-sa.

'S cama-lubach t-fhalt, fanna-bhui' nan cleachd
'S fabhrad nan rõsg àluinn;
Gruaidhean mar chaor, broilleach mar aol,
Anail mar ghaoth gàraidh—
Gus an cuir iad mi steach, an caoil-thaigh nan leac
Bidh mi fo neart cráidh dheth,
Le smaointinn do chleas, 's do shùgradh ma seach,
Fo dhuilleach nam preas blàth'or.

'S milis do bheul, 's comhnard do dheud,
Suilean air lìdh àirneig,
'Ghiùlaineadh bréid, uallach gu feill,
'S uasal an reul àluinn—
'Strua' gun an t-éud tha'n uachdar mo chleibh,
Gad bhualadh-s' an ceud àite—
Na faighinn thu réidh pòsd' on a chleir
B'fhasa dhomh-féin tearnadh.

'S tu 'n ainnir tha grinn, mìleanta, binn,
Le d' cheileir a seinn oran,
'S e bhi na do dhàil a dh'òidhche sa là,
Thoilicheadh càil m' òige:
Gur gile do bhian na sneachd air an fhiar,
'S na canach air sliabh mointich,
Nan deanadh tu rùin tarruinn rium dlù'
Dheanainn gach tùrs' fhògar.

Càrair gu réidh clach agus cré
Ma'm leabaidh-s' a bhrì t-uaisle—
'S fada mi 'n éis a feitheamh ort féin
'S nach togair thu ghéug suas leam,
Na b'thus a bhiodh tinn, dheanainn-sa luim,
Mas biodh tu fo chuing truaighe,
Ach 's goirid an dàil gum faicear an là
'M bi prasgan a' trà'l m'uaigh-sa!

'Mallachd an tus, aig a mhnaoi-ghlùin',
Nach d' adhlaic sa chùil beò mi!
Mu'n d' fhuair mi ort iùil ainnir dheas ùr,
'S nach dùirig thu fiù pòg dhomh,
Tinn gu'n bhi slàn, dùisgt' as mo phràmh,
Cuimhneachadh dàn pòsaidh
Mo bheannachd ad dheigh, cheannaich thu-fein,
Le d' leannanachd gle òg mi.

ORAM CUMHAIDH.

LE UILLEAM ROS.

Tha mise fo' mhulad sa'n àm
Cha'n òlar leam dràm le sunnt,
Tha dŭrrag air ghûr ann mo chail
A dh-fhiosraich do chàch mo rùin,
Cha 'n fhaic mi 'dol seachad air sràid
An cailin bu tlàithe sùil;
'S e sin a leag m'aigneadh gu lar
Mar dhuilleach bho bharr nan craobh.

A ghruagach is bach'liche cùl
Tha mise ga t-iunndran mòr,
Ma thagh thu deagh aite dhut fein
Mo bheannachd gach ré ga 'd' chòir:

Tha mise ri osnaich 'na d' dheigh,
Mar ghaisgeach an déis a leòn;
Na laidhe san araich gun fheum
S nach teid anns an t-sréup ni's mò!

'S d' fhag mi mar iudmhail air tréud,
Mar fhear nach toir spéis do mhnaoi,
Do thuras thar chuan fo' bhreid,
Thug bras shiḷeadh dheur om shùil—
B'fhearr nach mothaichinn fein
Do mhaise, do cheill, 's do chliù,
No suairceas milis do bheil
'S binne no séis gach ciùil.

Gach anduin' a chluinneas mo chàs
A cuir air mo nadur fiamh;—
A cantain nach eil mi ach bard
'S nach cinnich leam dan is fiach—
Mo sheanair ri paigheadh a mhail,
'S m'athair ri malaid riamh
Chuireadh iad gearain an crann,
A's ghearainn-sa rann ro' chiad.

'S fad a tha 'm aigne fo ghruaim
Cha' mhosgail mo chlùain ri ceòl,
'M breislich mar anrach a chuan
Air bharraibh nan stuadh ri ceò.
S' e iunndran t-abhachd bhuam
A chaochail air snuadh mó neòil,
Gun sùgradh, gun mhire, gun uaill,
Gun chaithream, gun bhuadh, gun treòir!

Cha duisgear leam ealaidh air aill',
Cha chuirear leam dan air dòigh,
Cha togar leam fonn air clar
Cha chluinnear leam gair nan òg.

Cha dirich mi bealach nan ard
Le suigeart mar bha mi'n tòs,
Ach triallam a chadal gu brath
Do thalla nam bard nach beò!

ORAN DO MHAC-'IC-ALASDAIR GHLINNE-GARAIDH,

LE AILEAN DALL.

Faigh a nuas dhuinn am botul,
'S theid an deoch so mu 'n cuairt,
Lion barrach an copan,
Cum socradh a chuach;
Tosda Choirneil na féile
Leis an eireadh gach buaidh,
Oighre Chnoideart a bharraich,
'S Ghlinne-garaidh bho thuath.

Thig ort measair a's adharc,
Agus taghadh nan arm,
Le d' mhiol-choin air lomhainn,
'S iad romhad a' falbh:
'Nuair the'd thu do 'n mhonadh,
Bidh fuil air damh dearg;
Cas a shiubhal an fhirich,
Leat 'chinneadh an t-sealg.
Faigh a nuas, &c.

'S tu marbhaich' a choilich,
'S moch a ghoireas air chrann,
Bhuic bhioraich an t-seilich
Agus eilid nam beann:

'S tric a leag thu na luath's
A chaol-ruaghag 's a mhang,
Nuair a ruigeadh do luaidhe
Cha ghluaiseadh iad eang.
Faigh a nuais, &c.

'S tu namhaid na h-eala,
Lamh a mhealladh a gheoidh;
B' fhearr leat 'fhaicinn 's an adhar,
Na na laidhe air lòn,
Air iteig ga chaitheamh,
S' luaidhe neimh' air a thoir
Bho ghunna beoil chumpaich.
'S cha bhiodh ùin' aige beò.
Faigh a nuas, &c.

Lean do chruadal, 's do ghaisge,
'S am fasan bu dual
A bhi colgarra, cosant'
Gu brosnachadh sluaigh:
Gu h-armailteach, treubhach,
Gu geur lannach, cruaidh;
'S tu shliochd nam fear treuna,
Nach geilleadh 's an ruaig,
Faigh a nuas, &c.

Tha 'n naidheachd so fior
Aig luchd innse nan duan,
Gur sgeul e ro chinnteach,
Air do shinnsir bha buaidh;
Nach do dhìbir an deas-lamh,
Ach seasamh 's gach uair
'S i bhuidhneadh a chìs
Ri uchd strìthe le fuaim.
Faigh a nuas, &c.

Ghabh thu tlachd a's deagh-cheutaidh,
Do 'n bheus a bh' aig càch,
Luchd bhreacan an fheilidh
A dh' eireadh a' d phairt:
Toirm fheadan ga 'n gleusadh,
Leat is eibhinn an gair',
Mar ri binneas nan teud,
'S a bhi g' eisdeachd nam bard,
Faigh a nuas, &c.

Tog suas an crann direach,
'S brat rìmheach gun sgath,
Le *cularaibh* rioghail
A dh' innseas co iad;
'S cha 'n ŏb do chuid gillean
Dol an iomairt ua spairn,
'S tu fein air an toiseach
A toirt mosglaidh da' n cail.
Faigh a nuas, &c.

Tog colg ort, fhir ghasta,
Bi gaisgeil 's gu 'm faod;
Thig marcaich, a's coisichean
Ort as gach taobh;
A sheasamh do chòrach,
Clann-Domhnuill an fhraoich;
Thig do chinneadh a d' chomhnadh,
A chraobh chòmhraig nan laoch!
Faigh a nuas, &c.

Tha fir chalma ro fhearail,
Ann a d' fhearannaibh fein,
Eadar Cnoideart 's Gleann-Garadh,
'Theid barraicht' air ghleus:
'Chuireas cul air an naimhdean;
Tha 'n ceannard ga 'n reir:

'S cha ghabh thu bhi ceannsaicht'
Le Granndaich Shrath-Spé.
Faigh a nuas, &c.

'S leat cairdeas, le dùrachd
Fir ùr Innse-Gall,
Nach gabh giorag na mùiseag,
'N am rusgadh nan lann;
Na 'n cluinneadh iad strì riut,
Bhiodh mìltean diubh 'nall;
Mu 'n leigeadh iad cùs ort
'S iad a dhùbhladh do *ràmc.*
Faigh a nuas, &c.

Thig a d' choinneamh le farum
Buidhean bhras nan arm cruaidh
A bhuaileadh na buillean
'S a chuireadh an ruaig
'Bha gu h-ardanach, reachdmhor,
Gu feachd a dol suas
Bho Cheapaich nan craobh,
'Dh-fhag na glaoidh 's a Mhaol-ruaidh,
Faigh a nuas, &c.

Bho Chomhann nam bradan,
Is gasd' thig fo thriall,
Clann Iain gun ghealltachd,
Bha 'neart-san leat riamh,
Le 'n airm an deagh ordugh,
Luchd a leonadh nam fiadh,
'S a dheanadh an tolladh
Mu 'n cromadh a ghrian.
Faigh a nuas, &c.

Co 'thairneadh riut riobadh
Nuair 'thig nam beil bhuat?

Iarl' *Antrum* a Eirinn
Leis an eireadh na sluaigh;
Mac-'Ic-Ailein nan geur lann,
Dheanadh euchd air a chuan,
Aig am beil na fir ghleusda
'Dhol a reubadh nan stuadh.
Faigh a nuas, &c.

Thig iad sid ort le dùthchas
Bho thùr nan clach reidh,
Braithrean Dhomhnuill, Clann-Dhùghaill,
Marcaich shunntach nan stéud:
Clann an t-Shaoir bho thaobh Chruachainn.
Bha cruadalach tréun;
Ge d chaill iad a chòir
'Bh' aig an seòrs' ann an Sleibht'.
Faigh a nuas, &c.

ORAN LEANNANACHD.

LE AILEAN DALL.

Nam faighinn gille r'a cheannach,
A bheireadh beannachd gu Màiri,
'S mo shoraidh le caoimhneas
A dh-fhios na maighdinn' a chraidh mi;
Ged nach tug mi dhut faoidhrean,
Ann am foill dhut cha d'fhàs mi;
'S mar a math leam thu fallain,
Nar a mheal mi mo shlainte!

Nar a mheal mi mo chòta,
Mar b'e mo dheoin a bhi lamh riut,

'S a bhi briodal ri 'm leannan,
An seomar daingeann nan clàraidh,
An iuchair fhaotainn am' phòca,
S gun an tòir a bhi laimh ruinn,
'S mi gun deanadh do phògadh,
Gun fheòraich de m' chairdean.

Gun fheòraich de m' chairdean,
'S fada a dh'fhalbhuinn a d' choinnidh
Far an deanainn riut còdhail,
Cha bhidhinn beo gun a cumail:
Tha mo dhuil ann sa mhaighdein
Nach treig do chaoimhneas mi uile;
'S mar do chaochail do àbhaist,
Gheibhinn t-fhàilt' agus t-fhuran.

'S e t-fhuran a leon mi
A dh' fhag am bron so air m' aigneadh,
A thromaich m' intinn fo' éislein,
Cha dean mi eiridh le graide:
Tha mo chridhe neo-shunntach,
Tha mi bruite fo'm aisnean,
Aig a mheud 's thug mi 'ghaol dut,
'S nach fhaod sinn 'bhi tachairt.

Nach faod sinn 'bhi tachairt
An àite falaich no 'n uaigneas,
Far an deanainn riut beadradh,
A 's tacan cleasachd air uairean;
Ach se lagaich mo mhisneach,
Nach faod mi tric 'bhi mu 'n cuairt dhut:
B' fhearr a phog na 'bhi falamh,
Mar a faigh mi do bhuannachd,

Cha 'n 'eil m' éibhneas air thalamh,
Mar a faigh mi thu 'Mhairi!

Cha dual domh bhi fallain
Ma bhios mi fada mar tha mi:
Cha ghuidhinn mo ghalar
Do m' charaid no 'm nàmhaid;
Chaidh acaid am chridhe,
'S cha dean lighichean bonn stà dhomh!

Beul milis, dearg, daite,
Deud snaighte mar dhisnean,
Suil ghorm is glan sealladh
Fo 'n chaol mhal' aig an rìbhinn;
Tha cul buidhe mar òr ort,
Is boidhche nan dìthean;
Blas na meal' air do phògan,
'S be mo dheòin bhi riut sinnte.

Ge 'd chum mi falach an sgeula
Tha mi 'n deigh bh cheann greis ort;
Aig a mhiad 's thug mi ghaol dut
Tha 'm aodunn air preasadh:
Dh-fhas glaise 'nam ghruaidhean,
'S bochd a bhuaidh th' air an t-sheirc sin,
A chaochail mo shnuagh dhiom,
Mar dhuine truagh 'thig á teasaich.

Mar dhuine truagh thig à teasaich,
A bhiodh fàd ann am fiabhras,
'S ann a dh-fhas mi mar fhuathaich',
Cho cruaidh ris an iarunn;
Ach bho thoiseach ar sinnsridh,
"'S trì ni thig gun iarraidh,
An gaol agus eagal,
'S gun leith-sgeul an t-iadach."

EALAIDH GHAOIL.

LE EOBHON MAC-LACHUINN.

Air faillirin, illirin, uillirin ò,
Air faillirin, illirin, uillirin ò,
Air faillirin, illirin, uillirin ò,
Gur boidheach an comunn,
'Th'aig coinneamh 'n t-Strath-mhòir.*

Gur gile mo leannan
Na'n eal' air an t-shnàmh,
Na cobhar na tuinne,
'S e tilleanh bho'n tràigh;

* The chorus and first stanza of this song are not Maclachlan's. They were composed by Mrs Mackenzie of Balone, at a time when, by infirmity, she was unable to attend the administration of the Lord's Supper in Strathmore of Lochbroom—and ran word for word the same except the last two lines of the verse, which are slightly altered. Our talented author got them and the air from some of the north country students in Aberdeen. All the other stanzas, however, are original, and worthy of the poetic mind of Maclachlan. The following translation of it by the celebrated author, we subjoin for the gratification of the English reader:—

TRANSLATION.

Nor the swan on the lake, or the foam on the shore,
Can compare with the charms of the maid I adore:
Not so white is the new milk that flows o'er the pail,
Or the snow that is show'r'd from the boughs of the vale.

As the clouds yellow wreath on the mountains high brow,
The locks of my fair one redundantly flew;
Her cheeks have the tint that the roses display,
When the glitter with dew on the morning of May.

As the planet of Venus that gleams o'er the grove,
Her blue-rolling eyes are the symbols of love:
Her pearl-circled bosom diffuses bright rays,
Like the moon, when the stars are bedimm'd with her blaze.

The mavis and lark, when they welcome the dawn,
Make a chorus of joy to resound through the lawn:
But the mavis is tuneless—the lark strives in vain,
When my beautiful charmer renews her sweet strain.

When summer bespangles the landscape with flow'rs,
While the thrush and the cuckoo sing soft from the bowr's,
Through the wood-shaded windings with Bella I'll rove,
And feast unrestrained on the smiles of my love.

Na'm blàth-bhainne buaile,
'S a chuach leis fo bhàrr,
Na sneachd nan gleann dosrach,
'Ga fhroiseadh mu'n bhlàr
Air faillirin, &c.

Tha cas-fhalt mo rùin-sa
Gu siùbhlach a sniomh,
Mar na neol bhuidhe 'lùbas
Air stùcaibh nan sliabh,
Tha ' gruaidh mar an ròs,
'Nuair a's bòidhche 'bhios fhiamh,
Fo ùr-dhealt a Chéitein,
Mu'n èirich a ghrian.
Air faillirin, &c.

Mar Bhènus a boisgeadh
Thar choiltibh nan ard
Tha a miog-shuil ga m' bhuaireadh
Le suaicheantas craidh:
Tha bràighe nan sèud
Ann an eideadh gach àidh
Mar ghealach nan speur
'S i cur reultan fo phràmh.
Air faillirin, &c.

Bi'dh 'n uiseag 's an smeòrach
Feadh lòintean nan driùchd,
'Toirt fàilte le'n òrain
Do'n òg-mhadainn chiùin;
Ach tha'n uiseag neo-sheòlta,
'S an smeorach gun sunnt,
'Nuair 'thoisichas m' èudail
Air gleusadh a ciùil.
Air faillirin, &c.

'Nuair thig samhradh nan noinean
A comhdach nam bruach,
'S gach eoinean 'sa chròc-choill'
'A ceòl leis a chuaich,
Bi'dh mise gu h-èibhinn.
'A leumnaich 's a ruaig,
Fo dhlù-mheuraibh sgàileach
A màran ri m' luaidh.
Air faillirin, &c.

ORAN D'A LEANNAN.

LEIS AM BARD CONANACH.

Fhuar mi sgèula moch an dè,
'S cha deach' mi 'n èis ri chluinntinn,
'S cha tug mi geill nach deanainn feum,
Le gaol do 'n tè mu 'n d' inseadh,
'S cha toir mi fuath dh'i, 's beag mo luaidh air,
Ged a fhuair mi cinnt air,
'S dh' aindeoin cruadal ga 'n toir cuairt sinn,
Gheibh sinn bhuainn ri tìm e.

A ghruagach dhonn, ma dh' fhas thu trom
Tha mis air bhonn nach dìobair,
Gu 'n seas mi thu, air bhialthaobh cùirt,
'S cha 'n ann an duil do dhìteadh,
Tha mi air bheachd gu 'n seas mi ceart,
Gé 'd bheir am *Parson* cìs diom,
'S gu 'm pàighinn daor air rà do ghaoil,
Na 'n tàrainn saor 'sa 'n tim so.

Gu 'm pàighinn daor gu t-fhàgail saor,
Mu 'n leiginn t-aodann nàrach',
Fa chomhair cùirt mar fhasan ur,
S' nach robh e 'n rùn do nàduir,

Cha n' eil mi 'n dùl thu dhol na 'n luib,
Mur tig a chuibhle cearr oirnn,
'S ma chumas airgead thù o chìs,
Gu 'n seas mi fhìn na t-àite.

Gur fad a rachainn ann ad leithsgeul,
Gu do sheasamh cliùiteach,
'S ghabhainn uileadh orm an seisein,
Gu d' leith-trom a ghiùlan,
'S ged chumadh iad mi ann gun lasadh,
Gus an ăt mo shùilean,
Mar diobar ceartas mi, cha 'n fhaicear,
Chaoidh thu ac' fo mhùiseag.

A' Righ nan dùil! nach mi bha 's tu,
Dol fo na siùil do dh-Eirinn,
Na thìr eile 's faide bhuainn,
Nach d' ruig ar suaimhneas fheutainn,
'S truagh nach faicinnse bhi seòladh,
A's sinn air bòrd le chéile,
Gun duil a chaoidh thigh'n' air ar 'n eòlas,
Do'n Roinn-Eòrp na dheigh sin!

Ach cia mar 's urrainn domh bhi beò,
'S cho mar sa thug mi spéis dut?
Na cia mar dh, fhaodas mi bhi stòilte
'S mi gun chòir air t-fheutainn?
Ged fhaighinn airgead na Roinn-Eòrpa,
Agus òr na h-Euphaid,
Cha chumadh e mis suas car uaire,
'S tu bhi bhuam gun sgeul ort.

Ach cùis mo chruadail, s faide bhuam,
An diugh dá uair na 'n dé thu!
S ma leanas tu mar sinn air luaths,
Gn 'm bi sinn cuairt bho chéile,

Ach ma thionndas tu do shlios rium,
'S fiosrach mi mar dh' eireas,
Gur gearr an ùin a thàmhas tu,
'Nuair thig do chùl na dheigh sin.

Mas e'gun chuir thu rium do chùl
Ann an duil mo threigsinn,
Gus an cuir iad mi 'sa 'n ùir
Cha dean mi tùrn ad dheighse;
Cia mar dh' fhaodas mi bhi saor,
'S nach dean an saoghal feum dhomh?
Mo chridh air fhalach le do ghaol,
Gun duil a chaoidh ri fheutainn!

Tha gaol nam boireannach o 'n òige,
Mar an ceò 'sa chèitean,
Laidhidh e ri madainn dhriùchd,
Ri làr cho dlù 's nach léir dhuinn,
Chi mi 'n t-adhar a's na beanntan,
Dol an ceann a chèile,
Ach sgaoilidh e ri ùin ro ghearr
Gun fhios cia 'n t-àit an téid e.

Gur mor a bh' agam ort do mheas,
'S cha tug mi fios do chách air,
'S o 'n is beairt e tha gun fhios,
Cha 'n innis mis gu bràch e,
Gu'm beil an sean-fhacal o shinnsear',
Tigh'n gu cinnt an drasda—
"Gur faide bhuam an diugh na 'n dé,
A bhean nach d' fheud mi thàladh."

Cha 'n eil mo chadal domh ach cùirt,
'S cha 'n eil mo dhùisg ach cianail,
Cha n' eil an obair dhomh ach cràdh,
'S cha n' fheairrde mi bhi diamhain,

Cha dean laidhe dhomh ach creuchdan,
S cha toìr eiridh dhiom iad,
Cha toir asdar mi gu slainte,
'S cha 'n fhasa tàmh no gniomh dhomh.

Ged a tha mi 'n so 'sa ghleann,
Cha b' e bhi ann a b' fhearr leam,
'S mar b' e cruaidhead mo chomannd,
Bu luath mo dheann ga fhàgail,
Gur fada 'n aimsir tha o 'n uair,
A chualas bhi ga radhainn,
Gur cruaidh an reachd a bhi fo smachd,
'S bidh mise nochd mur tha mi!

Cha b' e chùis bhi nochd an glais,
Na 'n tiginn aisde a maireach,
Ach bhi 's na fiabhrais fad sheachd bliadhna,
Gun la riamh dhiu tearuinnt;
Cha robh uair gun chuartach ùr dhomh,
Gur ciùirte rinn ian m' fhàgail,
Nis o 'n lagaich iad mo phearsa,
Tha mo sgairt air failinn!

MALI BHEAG OG.

Nach truagh leat mi 's mi 'm prìosan,
Mo Mhali bheag òg,
Do chairdean a' cuir binn' orm,
Mo chuid de 'n t-saoghal thù.
A bhean na mala mìne,
'S na 'm pògan mar na fioguis,
S' tu nach fagadh shios mi,
Le mi-rùin do bheoil.

Di-dòmhnaich anns a' ghleann duinn,
Mo Mhali bheag òg,
'Nuair thoisich mi ri cainnt riut;
Mo chuid de'n t-shaogal mhor.
'Nuair dh 'fhosgail mi mo shùilean,
'S a sheall mì air mo chul-thaobh;
Bha marcach an eich chrùthaich,
Tigh'n' dlù air mo lòrg.

'S mise bh'air mo bhuaireadh,
Mo Mhàli bheag òg!
'Nuair 'thain an 'sluagh mu'n cuair duinn,
Mo ribbinn ghlan ùr:
'S truagh nach ann san uair ud,
A thuit mo lamh o m' ghualainn,
Mu'n d' amais mi do bhualadh,
Mo Mhali bheag òg.

Gur bòidhche leam a dh'fhas thu.
Mo Mhàli bheag òg,
Na'n lili ann san fhasach,
Mo cheud ghradh 's mo rùin:
Mar aiteal caoin na gréine
Ann am madainn chiùin ag eiridh,
Be sud do dhreach a's t-eugais,
Mo Mhàli bheag òg.

'S mise a thug an gaol
Dha mo Mhàli bhig òig,
Nach dealaich rium sa'n t-saoghal,
Mo nighean bhoidheach thu.
Tha t-fhalt air dhreach nan teudan,
Do ghruaidhean mar na caoran;
Do shuilean. flathail, aobhach,
'S do bheul-labhairt ciùin.

Shiubhlainn leat an saoghal,
Mo Mhàli bheag òg;
Cho fad a's cùl na gréine,
A gheug is ailli gnuis;
Ruithinn agus leumainn,
Mar fhiadh air bharr nan slébhtean,
Air ghaol 's gu'm bithinn réidh 's tu,
Mo Mhali bheag òg

'S truagh a rinn do chàirdean,
Mo Mhàli bheag òg!
'Nair thoirmisg iad do ghragh dhomh,
Mo chuid de 'n t-saoghal thu:
Nan tugadh iad do lamh dhomh,
Cha bhithinn-'s ann san am so,
Fo' bhinn air son mo ghraidh dhut,
Mo Mhàli bheag og.

Ge d' bheirte mi bho'n bhàs so,
Mo Mhàli bheag og,
Cha 'n iarrainn tuille dàlach,
Mo cheud ghradh 's mo rùin:
B'annsa 'n saoghal-'s' fhàgail,
'S gum faicinn t-aodann ghradhach;
Gu'n chuimn' bhi air an là sin,
'S na dh'fhàg mi thu ciùirt'.

MAIRI LAGHACH.

LE IAN MAC-DHOMHNUILL, LOCH-BHRAOIN.

LUINNEAG.

Hò, mo Mhàiri laghach,
'S tu mo Mhàiri bhinn,
Hò, mo Mhàiri laghach,
'S tu mo Mhàiri ghrinn:

Hò, hc mo Mhàiri,
'S tu mo Mhàiri bhinn,
Mhàiri bhoidheach lurach,
Rugadh anns na glinn.

B'òg bha mis' a's Màiri
'M fasaichean Ghlinn-Smeòil,
'Nuair chuir macan-Bhenuis,
Saighead gheur 'n am fheoil;
Tharruinn sinn ri chéile,
Ann an eud cho beò,
'S nach robh air an t-saoghal;
A thug gaol cho mor,
Ho, mo Mhàiri, &c.

'S tric bha mis' a's Mairi,
Falbh nam fàsach fial,
Gu'n smaointean air fàl-bheairt,
Gu'n chail gu droch ghniomh;
Cupid ga n-ar tàladh,
Ann an cairdeas dian;
'S barr nan craobh mar sgèil dhuinn,
'Nuair a b' aird' a ghrian.
Ho, mo Mhairi, &c.

Ged bu leamsa Alba'
A h-airgead a's maoin,
Cia mar bhithinn sona
Gu'n do chomunn gaoil?
'B annsa bhi ga b' phògadh,
Le deagh chòir dhomh fhein,
Na ged fhaighinn stòras,
Ho, mo Mhàiri, &c.

Tha do bhroilleach soluis
Làn de shonas graidh;

Uchd a's gile sheallas,
Na 'n eal' air an t-snàmh :
Tha do mhin-shlios, fallain,
Mar chanach a chàir ;
Muineal mar an fhaoilinn
Fo 'n aodainn a's àillt'.
Ho, mo Mhàiri, &c.

Tha t-fhalt bachlach, dualach,
Ma do chluais a' fàs,
Thug nadur gach buaidh dha,
Thar gach gruaig a bha:
Cha 'n 'eil dragh, no tuairgne,
'Na chuir suas gach là ;
Chas gach ciabh mun-cuairt dheth,
'S e 'na dhuail gu bharr.
Ho, mo Mhairi, &c.

Tha do chailc-dheud shnaighte
Mar shneachda nan ard ;
T-anail mar an caineal ;
Beul bho'm banail fàilt:
Gruaidh air dhreach an t-siris ;
Min raisg chinnealt, thlà ;
Mala chaol gu'n ghruaimean,
Gnùis gheal 's cuach-fhalt bàn.
Ho, mo Mhàiri, &c.

Thug ar n-uabhar barr
Air àilleas rìghrean mor ;
B' iad ar leabaidh stàta
Duilleach 's barr an fheoir :
Flùraichean an fhàsaich
'Toir dhuinn cail a's treòir,
A's sruthain ghlan nan ard
A chuireadh slaint 's gach pòr.
Ho, mo Mhàiri, &c.

Cha robh inneal ciùil,
A thuradh riamh fo 'n ghréin,
A dh'-aithriseadh air chòir,
Gach ceol bhiodh againn fhein;
Uiseag air gach lònan,
Smeòrach air gach gèig;
Cuthag 's gŭg-gùg aic',
'Madainn churaidh Chéit'.
Ho, mo Mhàìri, &c.

TRANSLATION BY D. MACPHERSON, BOOKSELLER, LONDON.

Chorus.

Sweet the rising mountains, red with heather bells,
Sweet the bubbling fountains and the dewy dells,
Sweet the snowy blossom of the thorny tree,
Sweeter is young Mary of Glensmole to me.

Sweet, O sweet! with Mary o'er the wilds to stray,
When Glensmole is dressed in all the pride of May—
And, when weary roving through the greenwood glade,
Softly to recline beneath the birken shade.
Sweet the rising mountains, &c.

There to fix my gaze in raptures of delight,
On her eyes of truth, of love, of life, of light—
On her bosom purer than the silver tide,
Fairer than the cănach on the mountain side.
Sweet the rising mountains, &c.

What were all the sounds contrived by tuneful men,
To the warbling wildnotes of the sylvan glen?
Here the merry lark ascends on dewy wing,
There the mellow mavis and the blackbird sing.
Sweet the rising mountains, &c.

What were all the splendour of the proud and great,
To the simple pleasures of our green retreat?
From the crystal spring fresh vigour we inhale;
Rosy health does court us on the mountain gale.
Sweet the rising mountains, &c.

Were I offered all the wealth that Albion yields,
All her lofty mountains and her fruitful fields,
With the countless riches of her subject seas,
I would scorn the change for blisses such as these!
Sweet the rising mountains, &c.

FEAR A BHATA.

Fhir a bhàta, na horo-eile,
Fhir a bhàta, na horo-éile;
Fhir a bhàta, na horo-eile,
Gu ma slàn dut, 's gach àit an téid thu.

'S tric mi sealltuinn o'n chnoc a's àirde,
Dh-fheuch am faic mi fear a bhàta:
An tig thu 'n diugh, na'n tig thu maireach?
'S mar tig thu idir, gur truagh a tà mi.
Fhir a bhata, na horo-eile, &c.

Tha mo chridhe-sa briste, brùite;
'S tric na deoiribh a ruith o'm shuilean;
An tig thu nochd, na 'm bi mo dhuil riut?
Na 'n dùin mi 'n dorus, le osna, thùrsaich?
Fhir a bhata, na horo-eile, &c.

'S tric mi foidhneachd de luchd nam bàta,
Am fac iad thu, na 'm beil thu sàbhailt;

S ann tha gach aon aca rium a 'g ràite,
Gur gòrach mise ma thug mi gràd dhut.
Fhir a bhata, na horo-eile, &c.

Gheall mo leannan domh gùn dhe 'n t-sioda,
Gheall e sud agus breacan rìomhach;
Fain' òir anns am faicinn ìomhaigh;
Ach 's eagal leam gun dean e diochuimhn'.
Fhir a bhata, na horo-eile, &c.

Cha 'n eil baile beag 's am bì thu,
Nach tàmh thu greis ann, a chur do sgios diot;
Bheir thu làmh air do leabhar rìomhach,
A ghabhail dhuanag 's a bhuaireadh nionag.
Fhir a bhata, na horo-eile, &c.

Ged a thuirt iad gu'n robh thu aotrom,
Cha do laghadaich sud mo ghaol ort;
'Bi'dh tu m' aisling anns an òidhche,
A's anns a mhadainn bi'dh mi 'ga t-fhoineachd.
Fhir a bhata, na horo-eile, &c.

Thug mi gaol dut' 's cha 'n fhaod mi àicheadh;
Cha ghaol bliadhna, 's cha ghaol ràidhe;
Ach gaol a thòisich 'nuair bha mi m' phàisde,
'S nach searg a chaoidh, gus an claoidh am bàs mi.
Fhir a bhata, na horo-eile, &c.

Tha mo chàirdean gu tric ag innseadh,
Gu'm feum mi t-aogas a chuir air diochuimhn';
Ach tha 'n comhairle dhomh cho diamhain,
'S bhi pilleadh mara 's i tabhairt lionaidh.
Fhir a bhata, na horo-eile, &c.

Tha mo chriosan air dol an airde,
Cha'n ann bho fhìdhleir, na bho chlàrsalr;

Ach bho stiùireadair a bhata—
'S mur tig thu dhachaigh, gur truagh mar tha mi.
Fhir a bhata, na horo-eile, &c.

Bi'dh mi tuille gu tùrsach, deurach,
Mar eala bhàn 's i an déis' a reubadh;
Guileag bàis aic air lochan feurach,
A's cach uileadh an deigh a tréigsinn.
Fhir a bhata, na horo-eile, &c.

AN NIGHEAN BHUIDH BHAN.

LE DOMHNUL MAC-AONGHAIS.

Mo nighean bhui' bhàn na falbhadh tu leam,
Mo nighean bhui' bhàn na falbhadh tu leam,
Mo nighean bhui' bhàn na falbhadh tu leam,
Gu'n ceannaichinn gùn de'n t-shìoda dhut.

Nighean bhàn th'air cnoc mhurain,
Dha'n tug mi mo ghaol o'n uiridh,
B'annsa leam na òr na cruinne
'Chuilein thu bhi' sinte rium.
Mo nighean bhui' bhàn, &c.

'S furasd dhomh-sa' ghruagach t-àireamh,
Do chul dualach, cuachach, fàineach,
Gruaidh thana, dhearg, a's glan' deàrsadh;
'S falt mar bharr nan dìthean ort.
Mo nighean bhui' bhàn, &c.

Tha thu gu ro bhòidheach taitneach,
Foghainteach, deas, ann am pearsa,
Cha 'n urra mi chiall 's a thasgaidh,
Trian dheth do thlachd innseadh dhut.
Mo nighean bhui' bhan, &c.

'S mall do rosg, 's gur glan do leirsinn,
Suil ghorm, mar dhearcag an t-shlèibhe,
Mala chaol a's caoine réidhe,
Cha bu bhreug ach firinn sud.
Mo nighean bhui' bhan, &c.

Calpa bàn nach iarr an gartan,
Troigh shocrach nach dochunn faiche,
'S e mheudaich cho mor mo thlachd dhiot,
Chionns nach faicte mi-ghean ort.
Mo nighean bhui' bhan, &c.

Beul is binne sheinneas òrain,
Milis, blasda, socair, comhnard,
Gu fonnor, farasd, ro dhoigheil,
Cha bhi sgòd ri' inns' oirre.
Mo nighean bhui' bhàn, &c.

Anna, ged' nach eil mi stocail,
Cha 'n i'n t-shnàthad mo cheird chosnaidh,
Dheannain aran eorna 's corca
Mar ris an droch shìde dhut.
Mo nighean bhui' bhàn, &c.

Ma ni thu mar a tha thu labhairt,
'S gu'n cùm thu rium-sa do ghealladh,
So mo làmh gur mi do leannan,
'S nach bi ba-laoch sìnte riut.
Mo nighean bhui' bhàn, &c.

AN CAILIN DILEAS DONN.

LE EACHANN MAC-CHOINNICH, LOCH-BHRAOIN.

Gu ma slàn a chi mi,
Mo chailin dileas donn;

Bean a' chualain réidh,
Air an deise dh-eireadh fonn;
'S i caint do bheoil bu bhinn leam,
'N uair a bhiodh m' inntinn trom,
'S tu thogadh suas mo chri
'Nuair a bhi'dh tu bruidhinn rium.

Gur muladach a ta mi,
'S mi nochd air aird a chuain,
'S neo shunntach mo chadal domh,
'S do chaidridh fada bhuam;
Gur tric mi ort a smaointeach;
As t-aogais tha mi truagh;
'S mar a dean mi t-fhaotainn
Cha bhi mo shaoghal buan!

Suil chorrach mar an dearcag
Fo'n rosg a dh-iathas dlù;
Gruaidhean mar an caoran
Fo 'n aodann tha leam ciùin—
Mar d' aithris iad na bhreugan,
Gu'n tug mi féin dut rùin;
'S gur bliadhna leam gach la'
Bho'n uair a dh-fhag mi thu.

Theireadh iad mas d'fhalbh mi bh'uat,
Gu 'm bu shearbh leam dhol ad chòir;
Gu'n do chuir mi cùl riut,
'S gu'n dhiult mi dhut mo phog.
Na cùireadh sid ort cùram,
A rùin—na creid an sgleo;—
Tha t-anail leam ni 's cùraidh,
Na'n drùchd air bharr an fheoir.

Tacan mu'n do sheol sinn,
'S ann a thoisich cach

Ri innseadh do mo chruinneig-sa,
Nach pillinn-sa gu brath.
Na cuireadh sid ort gruaimean
A luaidh; ma bhios mi slan,
Cha chum dad idir bhuat mi,
Ach saighead chruaidh a bhàis.

Tha moran de luchd aimlisg,
'S a sheannachais an droch sgeòil,
An chridheacha mar *phuisean*,
Cha chuimhnich iad air chòir,
Ach na creid an sgeula;
Ma gheibh a' chléir oirn *còir*,
'S ma dh' fhanas sinn bho chéile,
'S i 'n éigin a bheir oirn'

Tha 'n snaim a nise ceangailte,
Gu daingeann agus teann;
'S e their luchd na fanoid rium
Nach 'eil mo phròthaid ann:—
'M fear aig am beil fortan,
Tha crois aige na cheann,
'S tha mise taingeil, toilichte,
Ge d' tha mo sporan gann.

AN GILLE DUBH CIAR-DHUBH.

Cha dirich mi brughach,
'S cha shiubhail mi mòinteach,
Dh-fhalbh mo ghuth cinn,
'S cha sheinn mi òran.
Cha chaidil mi uair,
O luan gu dòmhnach,
'S an gille dubh ciar-dhubh
Tighinn fo m' ùidh.

'S truagh nach robh mise,
'S an gille dubh ciar-dhubh;
An aodainn na beinne
Fo shileadh nan siantan;
An lagan beag fásaich,
Nan aitigin diamhair,
'S cha ghabh mi fear liath
'S e tighinn fo m' ùidh.

Dh-òlainn deoch-slaint',
A ghille dhuibh chiar-dhuibh
Do dh-uisge nan lòn,
Cho deònach 's ge b' fhion e,
Ged tha mi gun òr,
Tha ni 's leor tigh'nn d'am iaraidh,
'S cha ghabh mi fear liath
'S e tighinn fo m' ùidh.

Mo ghille dubh bòidheach,
Ge gòrach le càch thu;
Dheanainn do phòsadh,
Gun deoin da mo chairdean;
Shiubhlainn leat fada,
Feadh lagan a's fhiasach,
'S cha ghabh mi fear liath,
'S tu tighinn fo m' ùidh.

Mo ghille dhubh laghaich
'S neo-raghainn leam t-fhàgail,
Na 'm faicinn an cuideachd thu,
Thaghainn ro chach thu;
Ged' fhaicinn cùig mil',
Air chinnt gur tu b' fhearr leam,
Cha ghabhainn fear liath
'S tu tighinn fo m' ùidh,

'S luaineach mo chadal,
Bho mhadainn di-ciadain,
'S bruaileanach m' aigneadh,
Mur furtaich thu chiall mi.
'S mi raoir air dhroch leabaìdh,
Cha'n fhada gu liath mi,
'S an gille dubh ciar-dhubh,
Tighinn fo m' ùidh.

MORT GHLINNE-COMHANN.

LEIS A BHARD MHUCANACH.

Lamh Dhé leinn a shaoghail!
Tha thu carrach, mar chaochla nan sion,
An ni nach guidheamaid fhaotainn
Mar na sruthaibh ag aomadh a nìos;
'S i chneidh féin, thar gach aobhar,
Bhios gach duine ri caoine, 's e tinn,
Breth Mhic-Samhain air saoidhean,
Tigh'nn a ghleachd ruinn a thaobh cùl ar cinn.

A Rìgh! fheartaich na greine
Tha'n cathair na féile, dean sìth,
Ri cloinn an fhir a bha ceutach,
Nach bu choltach rì féile fir chrion;
'N uair a thogta leat bratach,
Croinn chaola, fraoch dait', agus pìob,
Bhiodh mnai ghaoil, le fuaim bhàs
A' caoi laoich nan arm sgaiteach 's an stri.

Gu'n robh aigne duìn' uasail
Aig a bhail' agus uaithe a' d' chòir,
Cha b' i ghéire gun tuigse
Bha sa bheul bu neo-thuisliche glòir;

Ceann na céille 's na cuideachd
Rinn na h-eucoraich cuspair dheth t'fheoil:
Cha b' e 'm breugair' a mhurtadh
Le luchd shéideadh nam pluicean air stòl.

Ach fear mòr bu mhath cumadh,
Bu neo-sgàthach an curaidh gun ghiomh,
Cha robh barr aig mac duine ort
Ann an àilleachd, 's an uirigleadh cinn:
Anns a bhlàr bu mhath t-fhuireach
Chosnadh làrach, a's urram do'n rìgh;
Mo sgread chràiteach am fulachd!
A bha 'n taigh chlàraidh 'n robh furan nam pìos.

Cha robh do chridhe mar dhreagon
Tarruinn slighe na h-eacoir a'd' churs,
'S tu le d' chlaidheimh ag éiridh
As leth t-athar 's rìgh Seumas a chrùin:
'Taid an Albuinn 's an Eirinn,
Luchd a thaghaich, 'sa réiteach do chùis:
Bi'dh là eile ga dheuchainn
'S tus' ad laidhe gun éisdeachd fo'n ùir.

B'iad mo ghràdh na cuirp gheala
Bha gu fiùghantach, fearail, neo-chrìon,
'S mairg a chunnaic 'ur n-uaislean
Dol fo bhinn 'ur luchd-fuatha gun dion;
Ach nam bitheamaid 'nar n-armaibh
Mu'n do chruinnich an t-sealg air an tìr,
Bhiodh luchd chòtaichean dearga
Gun dol tuilleadh do dh' armailt an rìgh.

Cha robh gnothach aig léigh
'Dhol a leigheas nan creuchd nach robh slan,
A' call am fala fo'n leintean
Bha na fir bu mhor féil' ri luchd-dhàn,

Nam b'e cothron na Féinne
Bhiodh eadar sibh fein 's clanna Ghall,
Bhicdh eoin mholach an t-sléibhe
Gairsinn salach air chréabhagan chàich.

Cha b'e cruadal an cridhe
Thug dhaibh buannachd air buidheann mo rùin,
Tilgeadh luaidhe na cithibh
'S sibh mo thruaidh! gun fhios air-a chùis:
Eadar uaislean a's mhithibh
Gun robh bhuaidh ud a' ruith oirn o thùs;
O'n 's i 'n uaigh ar ceann-uidhe
Bi'dh na sluaisdean a frithealadh dhuinn!

Cha b'i sud an fhuil shalach
Bha ga taomadh mu'n talamh sa' ghleann,
'S a liuthad ùmaidh mar ghearran
A bha cuir fùdair na dheannabh mu 'r ceann;
A Righ dhùlaich nan aingeal!
Gabhsa cùram da 'r n-anam, 's sibh thall,
Chaidh 'ur cunntas an tainead
Le garbh dhùsgadh na malairt a bh' ann.

Thrùs do chinneadh r'a chéile,
Dheanamh coinneamh an dè anns an Dùn,
Cha d' aithris thu sgeula
Fhir a b' urrainn a réiteach gach cùis;
Ite dhaingean na'n sgéith thu
'S am baranta treun air an cùl
Bi'dh là eile ga fheuchainn,
'S mise druidte fo dhéile 's an ùir.

Cha bu chòcairean gìoraig
Chumail còmhnard an slinnein ro chach;
O'n là thòisich an iomairt
Ghaill Chlann-Dòmhnuill ceann-fine no dha;

'N gleacair òg 'ur ceann-cinnidh
Chuir a dhòchas 'an smioraibh a chnàmh;
Gheibheadh còcaire bioradh
Bogha spòltaich o spionnadh a làmh.

Luchd a thràghadh man buideal
Bheireadh earrach air ruban de'n fhìon,
'Nuair a thàrladh sibh cuideachd
Bu neo-bhrùideil mu 'n chupan ud sìbh;
Ag iomairt thàileasg, a's chluichibh
Air a chlàr bu neo-thrû'ail 'ur gniomh;
Cha bu chearr am measg truid sibh
'N am pàidheadh na cuideachd, 's g'an diol.

Gu'm beil mise fo mhulad
Ag amharc 'ur gunnaidh' air stéill,
Sàr ghiomanaich ullamh
Leis an cinneadh an fhuil anns a bheinn,
Ann am frìth nan damh mullaich
Far an deante leibh munsag air seilg,
Ga bu tric sibh gan rùsgadh
Cha d' iarr sibh riamh cunntas 's na béin.

Cha bu sgàthairean gealtach
Bhiodh a' maoitheadh an gaisge gach là,
Tha 's an Eilean na'n cadal
Nach dùisg gus am faicear am bràth,
Luchd dhìreadh, nan éit-bheann
Le'n cuilbheirean gleusta na'n laimh,
'S lionmhor fear nach d'rinn éiridh
Bha na ghìomanach treun air a h-earr.

Rìgh gur mis tha fo airtneul
Ri àm dhomh bhi faicinn 'ur beann
'S cha lugha mo chùram
Ri bhi 'g amharc bhur dùchannan thall,

Mur bhithe mar thachair
'S ann leamsa gum b'ăit bhi dol ann,
Gus an tainig a chreach oirn
Mar gu'n tuiteadh a chlach leis a ghleann!

'S iomadh fear tha toirt sgainneil
Do'n tighearn òg air an fhearann so thall,
Eadar ceann Locha-Raineach,
Rugha Shléibhte, 's bun Gharaidh nam beann,
Bha thu feicheannachd daingean
Far an éiste ri d' theangaidh an cainnt,
Mar urbal peucaig gu tarruinn,
'S mar ghath reubaidh na nathrach gu call.

Leum an stiùir bharr a claiginn
Le muir sùigh, 's gun sinn ath-chainnteach dho,
Dh'fhalbh na croinn, 's na buill-bheairte,
'S leig sinn uallach na slait air an sgòd;
'S bochd an dùsgadh sa' mhadainn
So fhuair sinn gu grad a theachd oirnn,
S ma gheibh sinn ùine ri fhaicinn
Bheir sinn fùcadh mu'n seach air a chlò.

MAIRI GHREANNAR.

LE COINNEACH MAC-CHOINNICH.

LUINNEAR.

O shaorainn, shaorainn, shaorainn i,
Air m' fhacal fhéin g'um faodainn sinn;
'S ged bhiodh cuid nach saoileadh e,
Gu'n saorainn Mairi Ghreannar.

Shaorainn fhein gun teagamh i,
Ged bha mi tric a' beadradh r'i,

Nach d' iarr mi ni mi-dhleasannach,
'S nach freagradh dhomh bhi cainnt air.
O shaorainn, &c.

Shaorainn fein gu deonach i,
'S cha b' eagal leam ged' bhòidichinn;
Nach d' fhuair mi bheag de dh'-fhotus innt',
O 'n ghabh mi eòlas cainnt oirr'.
O shaorainn, &c.

Ma tha cron ri leughadh ort
An gniomh, no 'n gnè, cha léir dhomh e,
'S a dh-aindeoin beachd an t saoghail so,
Is tusa daonnan m' annasachd.
O shaorainn, &c.

Tha suairceas, tlachd, a's sìomhaltachd,
A'strì co dhiu a's dìlse dhut;
Tha maise, cliù, a's fìnealtachd,
Ag imeachd air gach laimh dhiot.
O shaorainn, &c.

Gur modhal, socrach, briathrach thu;
Gur aoidheil, caoimhneil, ciallach thu;
S nam biodh gach cùis mar dh-iarrainn iad,
Bu tu mo chiad bhean-bainnse.
O shaorainn, &c.

T'fhalt boidheach, cam-bhuidh, dualagach,
'S a bharr a' fàs gu d' cruachanan—
Do phòg mar mhil nan cuachagan,
'S do shnuadh air dhreach an t-sàmhraidh.
O shaorainn, &c.

Gur soitheamh, banail, beusach thu;
Gur geanail, sunntach, eutrom thu;
Gur connar, fonnar, spéiseil thu;
Gu h-aoidheil, ceillidh, greannar.
O shaorainn, &c.

Cha mhol mi thu, cha'n urra mi,
Cha'n eil mo bhriathran ullamh dhomh,
Do bheusan thug mi 'n t-urram dhaibh,
'S iad chuir mi uile 'n geall ort.
O shaorainn, &c.

Ach dh-innsinn fhein gu soilleir dhuibh,
Co i, 's co bhuaithe a shloinneadh i,
Mur be gun d' fhuair sibh coire dhomh,
Air son na rinn mi chainnt oirr.'
O shaorainn, &c.

MOLADH CHABAIR-FEIDH.

LE TORMOD BAN MAC-LEOID.

Deoch-slainnte 'chabair féidh so
Gur h-éibhinn 's gur h-aighearach;
Ge fada bho thìr fein e,
Mhic Dhé greas g'a fhearann e;
Mo chrochadh a's mo cheusadh,
A's m' éideadh nar mheala mi,
Mur ăit leam thu bhi 'g eiridh
Le treun neart gach caraide!
Gur mise chunna' sibh gu gunnach,
Ealamh, ullamh, acuinneach;
Ruith nan Rothach 's math 'ur gnothach,
Thug sibh sothadh maidne dhaibh;
Cha deach' Cataich air an tapadh,
Dh'fhag an neart le eagal iad,
Ri faicinn ceann an fhéidh ort
'Nuair dh'eirich do chabar ort!

Be'n t-amadan fear Foluis,
'Nuair thòisich e air cogadh riut;
Rothaich agus Ròsaich—
Bu ghòrach na bodaich iad;

Frisealaich a's Granndaich,
An càmpa cha stadadh iad;
'S thug Foirbeisich nan teann-ruith,
Gu seann taigh Chuilodair orr'.
Theich iad uile 's cha d'fhuirich
An treas duine bh'aca-san;
An t-Iarla Catach ruith e dhachaidh—
Cha do las a dhagachan;
Mac-Aoidh nan creach gun thar e as,
'S ann dh'éigh e 'n t-each a b' aigeannaich,
Ri gabhal an ratreuta,
'Nuair dh-eirich do chabar ort!

'S ann an sin bha 'm fuathas
Ga'n ruagadh thar bhealaichean,
An deas dhuinn a's an tuath dhuinn,
Gu luath ruith roi' d' cheann-eideadh;
Mar sgaoth a dh'eoin nam fuar-bheann,
A's gruaim air a h-uile fear,
A tearnadh bho na sléibhtean
Gu réidhlein 's gu cladaichean,
Dh'eigh iad port 's gu'n d'fhuair iad coit,
'S bu bheag an toirt mar thachair dhaibh;
Ciod e'n droch rud rinn am brosnach'.
Le'n cuid mosg nach freagradh srad,
'S a liuthad toirtear dheth na Rothaich,
Dol air flod thar chlaigeannan?
'S ann ghabh iad an ratreuta,
'Nuair dh'eirich do chabar ort!

Gu'm faigh mi fein mo dhùrachd
('Se dhùisg as mo chadal mi)
An Tì da'n geill na dùilean,
'S da 'n ùmhlaich na h-uile ni,
Gun greas e thu gu d' dhùthaich,
Gu h-uiseil 's gu h-urramach!

Gur tu nach leigeadh cùis,
  Leis na dù-Ghaill nach buineadh dhaibh ;
'S tu bheireadh clotha do' luchd gnothaich,
  Gun fhios co a throdadh riut ;
Am fine Rothach chuir thu fothad
  Ge mor leotha 'n ladornas,
Ga'n cuir romhad le'n ruith-choimhich,
  'S am baile-nodha na shradagan,
'S na lasair anns na speuran,
  Nuair dh'eirich do chabar ort !

Chunna mi m'a thuath thu,
  'S gu'm b'uachdaran allail thu ;
Bha Catach fo do chùram,
  'S dh' ùmhlaich na Gallaich dhut ;
'S gach tì bha riut an diùmba,
  'S nach dùirigeadh sealladh ort,
A faicinn bhi ga'n sgiùrsadh,
  Gu dùthaich nach buineadh dhaibh.
Le gasraidh fhinealt dheth do chinneadh
  Nach gabh giorag eagalach ;
Luchd chlogaid 's bhiodag 's chorcan bireach,
  Cha philleadh luchd-bagairt iad ;
Thig feachd Mhic-Shimi gu do mhilleadh,
  'S ruithidh iad gu saidealta ;
'S gu'n teich iad o chlàr t-eudainn,
  'Nuair dh'eireas do chabar ort !

Tha'm brochan a' toirt sàr dhuibh,
  'S tha 'n càl a' toirt at oirbh ;
Ach 's beag is misde 'n t-àrmunn,
  'Ur sàth thoirt an nasgaidh dhuibh :
Ge mòr a thug sibh chàise,
  Thar àiridhean Asainne,

Cha'n fhacas cuirn a'm Fòlais,
Ge Mòr bha do chearcan ann ;
Caisteal biorach, nead na h-iolair',
Coin a's gillean gortach ann ;
Cha'n fhaicear bioran ann ri teine
Mur bidh dileag bhrochain ann ;
Cha'n fhaicear mairt-eoil ann am poit ann,
Mur bi cearc ga plotaigeadh ;
'S ga'n tional air an déirce,
'Nuair thréigeas gach cosgais iad.

Cha'n eil eun 's na speuran,
Is breine n'an iolaire,
Cha 'n ionan idir beus d'i,
'S do dh-fhéidh anns na firichean :...
Bi'dh iadsa moch ag eiridh,
A feuchainn a bhiolaire ;
'S bi'dh is air sean each caoile,
Ri slaodach a mhionaich as ;
Chuir i spuir a staigh na churrach,
A's thug i fhuil na spadul as.
An t-eun gun sonas 'giarraidh donais,
Bi'dh na coin a' sabaid ris ;
'S breun an t-isean e air iteig,
Gun fhios c'ait' an stadadh e,—
Mas' olc a lean e àbhaist,
Cha b' fheàrr far na chaidil e.

Cha'n eil eun 'san f-saoghal
R'a fhaotainn tha coltach riut...
Cha'n ithear do chuid sìthne—
Rinn firinn a' mollachadh :
Ged tha ort iteag dhìreach,
Mar fhior shaighead corranach,

'S ged' thuirt iad riut am fireun,
Tha ionan an donuis ort!
'S ioma buachaille th' air fuar chnoc,
Agus cuaille bàt' aige';
Ni guidhe bhuan do bhuntainn bhuath,
'S a bhuaileas bho do thapadh thu;
'N uair bheir thu ruaig air feadh nan uan,
'S a bhios buaireas acrais ort.
'N uair thachras cabar féidh ort,
G'um feum thu bhi snasadh dha!

Tha cabar-fearna Dhòmhnuill,
Mar spòrs' anns an talamhs' ad';
Nach innseadh sibh dhomhs' e,
'S gu'm b'eol domh a charachadh;
'S chuirinn fios gu h-eòlach,
Gu Seòras an caraideach,
Gur h-e Fear Dhuin-Dòmhnuill,
Le lòn chum an t-anam ris;
'Bhiasd gun mheas, gun mhiagh, gun ghliocas,
Riamh bu tric 's an talamh-s' thu;
Dh'ol a's dh'ith thu trian do d' phiseach,
'S tu an t-isean amaideach;
Chuir na Rothaich thu air ghnothach,
S tu an t-amhusg aineolach,
'S ged' thug Clann-Choinnich miadh ort,
Cha b' fhiach thu, 'n treas earrainn deth.

Faire! faire! 'shaoghail,
Gur caochlaidheach carach thu,
Chunna mise Siphort,
'Nam pìoban cruaidh, sgalanta,
Nach robh an Alb' a dh'aon-shluagh,
Ged shìneadh Mac-Cailein ris,
Na chumadh riuts an eudann,

'Nuair dh'eireadh do chabar ort!
Dh'eireadh leat an còir 'san ceart,
Le trian do neart gu bagarach,
Na bh'eadar Asainn, a's fa dheas,
Gu ruig Sgalpa chraganach,
Gach fear a glacadh gunna snaip,
Claidheamh glas, no dagaichean—
Bu leat Sir Dòmhnull Shléibhte,
'Nuair dh'eireadh do chabar ort!

Dh'eireadh leat fir Mhùideirt,
'Nuair ruisgte do bhrataichean,
Le 'n lannan daite dù-ghorm,
Gu'n ciuirte na marcaich leo;
Mac-Alasdair 's Mac-Ionmhuinn,
Le 'n cuilbheirean acuinneach;
'Nuair rachadh iad 'san iorghuill,
Gu'm 'b iognhna mur trodadh iad:—
Bi'dh tu fhathast gabhail aighear,
Ann am Brathuinn bhaidealach,
Bi'dh cinne t-athair ort a feitheamh,
Co bhrathadh bagradh ort?
Bi'dh fiòn ga chaitheamh feadh do thaighe,
'S uisge-beatha feadanach;
'S gur lionmhor píob' ga'n gleusadh,
'Nuair dh'eireas do chabar ort!

ORAN ALLABAIN SUIRIDH.

LE PIOPAIRE FHIR GHLINN-ALLADAIL.

LUINNEAG.

Thug mi 'n òidhche raoir sa 'n àiridh,
Thug mi 'n òidhche raoir 'sa 'n àiridh,
Chaith mi 'n òidhche eridheil, caoimhneil,
Mar ri maighdeannan na h-àiridh.

Mile marbhaisg air an t-sùiridh,
'S bochd le neach da 'n téid i iomrall,
Fagaidh si inntinn fo iomaguinn,
Gluasad cho sìmplidh ri mearlach.
Thug mi 'n, &c.

Oidhche dhomh 's mi 'n bun na tìre,
'S mi goirid o bheagan nìonag,
'Smaointich mi gluasad os 'n iosal,
Nochdadh mo bhriodail le gràdh dhaibh.
Thug mi 'n, &c.

'Nuair rainig mi taigh-an-Dùnain,
Bha chomhl' ac' air a deagh dhùnadh,
'Sa dh-aindeoin m' òlais a's mo thùir,
Gun thòisich na goid chuil ri ràmaich.
Thug mi 'n, &c.

Labhair mo chompanach runach,
Dean stad 's feuchaidh sinn cleas ùr dh' i,
Faigh thusa boiseag dheth 'n bhùrn,
'S fanaidh na lùdagan sàmhach.
Thug mi 'n, &c.

Fhuair sinn staigh gun dad uamhainn,
'S bha sinn farasda n' ar gluasad,
Rainig sinn leabaidh nan gruagach.
'S chuir mi-fhìn gu suairc mo làmh orr'.
Thug mi 'n, &c.

Thuirt i rium, na tig ni's faide,
'S leanabh te eile nam' achlais,
Cha 'n eil rùm agad fo 'n phlaide,
'S bi pilleadh dhachaidh mara thainig.
Thug mi 'n, &c.

Thuirt mise, na bi cho doichleach,
Fuirich gu si-mhalta, socrach,

Dad a mhì-mhodh dhut cha nochd mi,
Gus 'n eirich thu moch a maireach.
Thug mi 'n, &c.

'Thuirt i, ma ta cuir dhiot t-aodach,
Bheir mise nochd mo leath-taobh dhut,
Air eagal 's gu 'n dean thu m' aoireadh,
'S cha 'n ann air son gaol do mhàrain.
Thug mi 'n, &c.

Mu n' d' fhuair mi mi-fhin gu socrach,
Ciod a rinn am pàist ach mosgladh,
'S a nuair a ghrios mi e bhi tosdach,
Theann e 'san droch-uair air ràn aich!
Thug mi 'n, &c.

Thuirt bean-an-taighe le dearras,
A chlann a chum mi m' chaithris,
Air leam gu m' feumadh sibh anail,
Gur siùbhlach ur teanga le Gàëlig.
Thug mi 'n, &c.

Chuir a briathran mi o thapadh,
Eadair seorsa nàire 's gealtachd,
'S cha robh driùchd a bha tro 'm chraiceann,
Nach cuireadh cnag air an làr dheth.
Thug mi 'n, &c.

Dh-eirich i ionunn 'sa bhi rùisgte,
'S theann i ri lasadh a chrùisgean,
'S mu 'n d' fhosgail i ceart a sùilean,
Bha mis air taobh cuil na fàrdaich,
Thug mi 'n, &c.

Ach fhir tha fuireach 'sa bhaile,
Giùlain mo shoraidh gu Anna,
'S innis d' i gu 'n d' rinneadh ealaidh,
Do 'n luchd-faire bh' air an àiridh,
Thug mi 'n, &c.

ORAN DUCHA.

LEIS AN DUIN UASAL CHANDA.

LUINNEAG.

O théid sinn, théid sinn, le sugart agus aoidh,
O théid sinn, théid sinn, gu deònach,
O théid sinn, théid sinn, thairis air an t-Srûidh,
Gu muinntir ar dàimh, 'us ar n-eòlais.

Ged bha sinn blianntain fada, fada, bhuath,
A'm Baile-Chluaidh' a chònaidh,
Tamul beag gu-n tréig sinn, ar gairm 'sa nis gu-n téid sinn,
A dh'fhaotainn an gràdh 'us an còra.
O theid sinn, theid sinn, &c.

Gu-n toir sinn cuairt, rithist do-n taobh-tuàth,
Us théid sinn ruaig do Dhòrnach,
'S chi sinn Droit-an-agh, 's fa comhar air gach taobh,
Caistealan 'us pàircean 'us lòintean
O theid sinn, theid sinn, &c.

Chì sinn an Caol, air am faca sinn le gaoith,
Bàtaichean aotrom a seòladh
Chì sinn na beanntan, a ghleidheadh sneachd san t-sámhradh,
Is chì sinn na h-ábhnaichean boi'ach
O theid sinn, theid sinn, &c.

Chì sinn na glinn, anns an d'rugadh sinn ;
'S' bu ghnà leinn bhi aotrom, gòrach,
'S chi sinn na coilltean, le aighear 'us toil-inntinn.
'S bu ghnà leinn bhi cluinntinn nan smeòrach
O theid sinn, theid sinn, &c.

S' chi sinn na cluain air am bitheadh laoigh's uain
Ri mire gun ghruaim anns an òg-mhios,
'S chì sinn na h-aonaich air an inealtradh na caoraich
O'n d'fhuair sinn sàr aodaichean còmhdaich.
O theid sinn, theid sinn, &c.

Chi sinn na raoin, le blà a bheallaidh chaoin,
'S a chéitean bhi's aobhach 'us bòidheach,
Is chì sinn na bruachan fo sgàil 'a bhàrraich uaine
Gu tric anns 'da bhuain sinn an t-sòrach.
O theid sinn, theid sinn, &c.

Chì sinn an lag, 's an t-eas gu bèucach, grad,
'S am bradan a leum suas na chòdhail,
Chì sinn am badan, 'sam bitheadh coilich bheadrach,
Ri co-chath 'sa mhadainn chiùin, cheòthar.
O theid sinn, theid sinn, &c.

Chì sin gach sliabh, air am bitheadh greighean fhiadh,
Ri mire air riasgan 'sair lointean,
Is chì sinn an lagan eadar àrd nan cragan,
'S an caidleadh an earbag air chòinntich.
O theid sinn, theid sinn, &c.

'S chì sinn gach loch, o'n trìc an tùgadh steach
Bric mheana-bhallach, airgideach, òr-bhui'
'S mu'm bitheadh an cù-donn, a shiùladh fo an tonn,
'S eal' a snàmh os-a-cheann ann am mòr-chuis.
O theid sinn, theid sinn, &c.

'S chì sinn gun ghruaim, a bhanarach le fuaim,
'Sa bhuaile, gu duanagach, òranach,
A bleothan a chruidh-ghùaillion, is iad a' sgur
Le taitneas toirt cluais agus deoin di [de nualain
O theid sinn, theid sinn, &c.

'S iomadh, 's iomadh ni, a chì sinn anns an tìr,
Nach saoilte thigh'n ann 'nuair bu chlann sinn
Thar aisig na coit, tha ragha, ragha, droit,
'San áite na croit, baile-Bhanna.
O theid sinn, theid sinn, &c.

'S rathad rìoghal, réidh, tre chragan fhraoch ns gheug
Is carbadan màil, air an ordugh

Gach là sios le strann 'us gach la suas le deann
Tre-n t-Sliogach us bhonn phreas-an-òrdain.
O theid sinn, theid sinn, &c.

'S deagh fhearann ùr, a rinneadh le mor shaoth'r
Bho chruai bhlàran fraoich, agus mòintich,
'Us iomadh lethead cruaidh, bha riamh gu seo, gun
Le òg-ghiubhas uain air chòmhdach. [bhuaidh
O theid sinn, theid sinn, &c.

Deòilidh sinn as ùr, gaoth is athar cùr,
Bheir slaint agus sùrd dhuinn, a's sòlas,
Ar cairdean bheir dhuinn, aran càis agus ìm,
'S deoch laidir de-n dràm, agus ceòl leis.
O theid sinn, theid sinn, &c.

Ged tha sinn an cèin, a nochd o ar tìr,
'S o'r caomh chairdean gaoil, 'us sean eòlaich,
Olaidh sinn le rùin, deagh shlainte dhaibh gachaon
Is buaidh do dha thaobh Caolas Dhòrnaich.
O theid sinn, theid sinn, &c.

ORAN BHRAIGH RUSGAICH. *

LE IAIN MAC-DHUGHAIL, GLEANN URCHUDAINN.

Ged is socrach mo leabaidh,
Cha'n e cadal tha shùirt orm ;
B 'anns' bhi suainnt' ann am breacan,
'N inbhir ghlaiceagan Rusgaich ;
Horò, lıu-ill, horo !

B 'anns' bhi suainnt' ann am breacan,
'N ibhir ghlaiceagan Rusgaich,

* The bard composed this song in Edinburgh, where he died and was buried.

Far am minic a bha mi,
Iomadh la, air bheag curam;
Horò, hu-ill, horò!

Far am minic a bha mi,
Iomadh la, air bheag curam,
'S bhiodh mo ghunna fo m' achlais,
Cumail fasgadh o'n driuchd oirr';
Horò, hu-ill, horò!

Bhiodh mo ghunna for m' achlais,
Cumail fasgadh o'n driuchd oirr'
'S air thruimid na fraise,
'S i a lasadh am fudar,
Horò, hu-ill, horò!

Air thruimid na fraise,
'S i a lasadh am fudar;
Cha b'e clagraich nan sraidean,
So a b'abhaist mo dhusgadh.
horò, hu-ill, horò!

Cha b'e clagraich nan sraidean,
So a b'abhaist mo dhusgadh;
Cha b'e clag nan cuig uairean,
Bhiodh a'm' chluasan a dusgadh.
Horò, hu-ill, horò!

Cha b'e clag nan cuig uairean,
Bhiodh a'm' chluasan a dusgadh;
Ach an ceileir bu bhoidhche,
Aig na h-eoin am Braigh' Rusgaich.
Horò, hu-ill, horò!

Ach an ceileir bu bhoidhche,
Aig no h-eoin am Braigh' Rusgaich;
Bhiodh a chuthag air chreagan,
'S i toirt freagairt do 'n smùdan,
Horò, hu-ill, horò!

Bhiodh a chuthag air chreagan,
'S i toirt freagairt do 'n smùdan;
'S bhiodh a' smeorach gu h-arda,
'S i air bharr nam bad dù-ghorm,
Horò, hu ill, horò!

Bhiodh a' smeorach gu ha-arda,
'S i air bharr nam bad dù-ghorm;
Agus *Robin* gu h-iosal,
Ann an iochdar nan dlùth-phreas,
Horò, hu-ill, horò!

Agus *Robin* gu h-iosal,
Ann an iochdar, nan dlùth-phreas;
Anns nam meanganaibh boidheach,
'S damh na cròice 'gan rùsgadh.
Horò, hu-ill, horò!

Anns nam meanganaibh boidheach,
'S damh na cròice 'gan rùsgadh;
'S nuair thigeadh oidhche Fheill-an-Roidoirnn,
'S ann leam bu bhoidheach a bhuirich.
Horò, hu-ill, horò!

'Nuair thigeadh oidhche Fheill-an-Ròid oirnn,
'S ann leam bu bhoidheach a bhuirich,
'S e ag iarraidh a chéile,
An deigh eiridh o'n ùr-pholl.
Horò, hu-ill, horò!

'S e ag iarraidh a chéile,
An deigh eiridh o'n ùr-pholl;
'S ann an sid bhiodh an fhaillte,
Ris an leannan bu chuirteil.
Horò, huill, horo!

'S ann an sid bhiodh an fhaillte,
Ris an leannan bu chuirteil;

Es' ag iarraidh a cairdeas,
'S ise 's nair' le' a dhiultadh.
Horò, hu-ill, horò !

Es' ag iarraidh a cairdeas,
'S ise 's nair' le' a dhiultadh;
'S ged a laidheadh iad le cheile,
Cha chuir a chleir orra curam.
Horò, hu-ill, horo !

Ged a laidheadh iad le chéile,
Cha chuir a chleir orra curam;
Cha teid iad gu seisean,
'S cha 'n fhaicear ag cuirt iad.
Horò, hu-ill, horo !

Cha teid iad gu seisean,
'S cha 'n fhaicear ag cuirt iad;
Cha teid e 'n tigh-osda,
Cha mhath a chòrdas an lionn ris,
Horò, hu-ill, horò!

Cha teid e 'n tigh-osda,
Cha mhath a chòrdas an lionn ris;
'S cha 'n fhearr thig an drama,
Ris a' stamac is cubhraidh.
Horò, hu-ill, horò!

Cha 'n fhearr thig an drama,
Ris a' stamac is cubhraidh ;
'S mor gur h-anns' leis am fior-uisg,
Thig o iochdar nan dluth-chreag.
Horò, hu-ill, horò !

'S mor gur h-anns' leis am fior-uisg,
Thig o iochdar nan dluth-chreag;

Cha b'e faileadth na cladhan,
A gheibhte 'n doire mo ruin sa.
Horo, hu-ill, horo!

Cha b'e faileadh nan cladhan,
A gheibhte 'n doire mo ruin-sa;
Ach trom fhaileadh na mealla,
Dhe na meanganaibh ùra;
Horò, hu-ill, horò!

Ach trom fhaileadh na mealla,
Dhe na meanganaibh ùra;
'S co 's urrainn a radhte,
Nach bidh mi fhathast ann an Rusgaich'?
Horò, hu-ill, horò!

ORAN NAM FINEACHAN GAELICH.

LE ALASDAIR MAC MHAIGHSTIR ALASDAIR.

A chomuinn rìoghail rùinich,
Sàr ùmhlachd thugaibh uaibh,
Biodh 'ur ruisg gun smùirnean,
'S gach crì gun treas gun lùb ann;
Deoch-slainte Sheumais Stiùbhairt,
Gu muirneach cuir ma'n cuairt!
Ach ma ta giomh air bith 'n 'ur stamaig,
A chàileis naomh' na truaill.

Lion deoch-slainte Thearlaich
A mheirlich! stràic a chuach;

B'i sid an ioc-shlaint' àluinn,
Dhath-bheothaicheadh mo chàileacd
Ge d'a bhiodh am bàs orm,
Gun neart, gun àdh, gun tuar,
A Rìgh nan dùl a chuir do chábhlach,
Oirn' thar sáil' le luathas.

O ! tog do bhaideil àrda,
Chaol, dhionach, shàr-gheal nuadh,
Ri d'crannaidh bi-dhearg, làidir,
Gu taisdeal nan tonn gàireach ;
Tha *Æolus* ag raitinn
Gu 'seid e rap-ghaoth chruaidh,
O'n aird an ear; 's tha *Neptun* dlleas,
Gu mìneachadh a chuain.

'S bochd ata do chàirdean
Aig ro mhead t-fhàrdail uainn;
Mar àlach mhaoth gun mhathair;
No beachainn breac a ghàraidh,
Ag sionnach 'n déis a fàsachd',
Are fàilinn feadh nam bruach.
Aisig cabhagach le d' chabhlach,
'S leighis plàidh do shluaigh.

Tha na dée ann an deagh rùn dut;
Greas-ort le sùrd neo-mharbh,
Thar dhronnaig nan toun dù-ghorm,
Dhruim-robach, bharr-chas, shiubhlach,
Ghleann-chlaghach, cheann-gheal, shù-dhlu,
Na mothar chul-ghlas, ghairbh;
Na cuan-choirean, greannach, stuadh-thorthach,
'S crom-bhileach, molach, falbh.

Tha muir a's tìr cho-réidh dhut,
Mar dean thu féin a searg;

Doirtidh iad na'n ceudan,
Nan laomabh tiugha, tréunna,
A Breatunn a's á Eirinn,
Ma d'*standard* breid-gheal dearg;
A ghasraìdh sgaiteach, ghuineach, rìoghail;
Bhreuchdach, fhior-luath, gharg!

Thig do chinneadh féin ort,
Na treun-fhir laomsgair gharbh,
Na'm beitheiribh gu reubadh;
Na'n leoghannaibh gu creuchdadh;
Na'n nathraichean grad-leumneah,
A lotas geur le 'n calg,
Le'n gathan faobharàch, rinn-bheurra
Ni mor éuchd le'n arm.

'N àm bhrataichean làn-éideadh,
Le dealas geur gun chealg,
Thig Dòmhnullaich, nan deigh sin;
Cho dìleas dut ri d'leine;
Mar choin air fasdadh eile;
Air chath-chrith geur gu sealg;
'S mairg nàmhaid do'n nochd iad fraoch,
Long, leoghann, craobh, 's laimh-dhearg.

Gu neartaich iad do chàmpa
Na Caim-beulaich gu dearbh,
An Diuc Earraghalach mar cheann orr',
Gu mòrghalach mear prionnsail;
Ge b'e bheir air iunsaidh,
B'e sid an tionsgnadh searbh,
Le lannan lotach, dù-ghorm, toirteil,
Sgoltadh chorp gu'm balg.

Gu tarbartach, glan, caiseamachd,
Fìor thartarach na'n *ràmc*

Thig Cluainidh le chuid Pearsannach,
Gu cuannda gleusda grad bheirteach ;
Le spaintichean teann-bheirteach ;
'S cruaidh fead ri sgailceadh cheann ;
Bi'dh fuil d'a dòrtadh, 's smuais d'a spealtadh,
Le sgealpaireachd 'ur lann.

Druididh suas ri d' mheirghe,
Nach meirbh an am an àir,
Clann' Illeoin nach meirgich
Airm ri uchd do sheirbheis ;
Le'm brataichean 's snuadh féirg orra,
'S an leirg mar thairbh gun sgàth ;
A foirne, fearail, nimheal, arrail,
'S builleach, allamh làmh !

Gun tig na fiùrain Leòdach ort,
Mar sheochdain 's eoin fo spáig ;
Na'n tuireamh lann-ghorm, thinnisneach ;
Air chorra-ghleus streup gun tiomachas ;
An reiseamaid fior ionnalta,
'S fáth gioraig dol na dáil ;
Am bi iomadh bòchdan fuilteach, foirmeil,
Théid le stoirm gu bàs.

Thig curaidhean Chlann-Cham-shroin ort,
Théid meanmnach sios na d' spàirn ;
An fhoireann ghuineach, chaithreamach,
'S neo-fhiamhach an am tarruinne ;
An lainn ghlas mar lasair dealanaich,
Gu gearradh cheann, a's lamh ;
'S mar luathas na dréige, 's cruathas na créige,
Chluinnte sgread nan cnàmh.

Gur cinnteach dhuibh d'ar coinneachadh,
Mac-Choinnich mor Chinn-Tàile :

Fir laidir, dhàna, choimhneala,
Do'n fhior-chruaidh air a foinneachadh,
Nach gabh fiamh no somultachd,
No sgreamh ro' theine bhlàr
'S iad gu nàrach, fuileach, foinnidh,
Air bhoil gu dhol na d'chàs.

Gur foirmeil, prìseil, òrdail,
Thig Tòisichean nan *ràmc*,
Am màrsail stàtoil, comhnard ;
Am pìobach, bratach, sròl-bhui ;
Tha rioghalachd a's mòrchuis ;
Gu'n sòradh anns' n dream ;
Daoine laidir, neartmhor, cròdha,
'S iad gun ghò, gun mheang !

Thig Granndaich gu ro thàrtarach,
Neo fhad-bheirteach do d' champ
Air phrioblosgadh gu cruadal,
Gu snaidheadh cheann, is chluas diu ;
Cho nimheil ris na tìgeribh
Le feachdraidh dian-mhear, dàn',
Chuireas iomad fear le sgreadail,
'S a bhreabadaich gu làr.

Thig a rìs na Frisealaich,
Gu sgipi le neart garbh ;
Na seòchdaibh fìor-ghlan, togarrach,
Le fuathas bhlàr nach bogaichear ;
An còmhlan fearradha, cosgurach,
'S mairg neach do nochd iad fèarg ;
A spuir ghlas aig dlùs an deirich
Bi'dh nan éilean dearg.

Nan gasraidh ghaisgeil, lasgurra,
Thig Lachunnaich gun chàird,

Na saighdean dearga puiseanda ;
Gu claidheach, sgiathach, cuinnsearach ;
Gu gunnach dagach, ionnsaichte,
Gun chunntais ac air àr ;
Dol nan deannamh 'n aodainn pheileir
Teachd o theine chàich.

Gabhaidh pàirt do t-iorghaills'
Clann-Iomnhuinn's oirdheirc càil ;
Mar thuinn ri tìr a sior-bhualadh ;
No bile lasrach dian-loisgeach ;
Nan treudan luatha, fior-chonfach,
Thoirt griosaich air an nàmh ;
An dream chathach, Mhuileach, Shrathach,
'S math gu sgathadh chnàmh.

'S mòr a bhio's ri corp-rusgadh,
Na'n closaichean's a bhlàr,
Fithich anns a rocadaich
Ag itealaich, 's a cnocaireachd ;
Ciocras air na cosgaraich,
Ag òl's ag ith an sàth.
Och's tùrsach fann a chluinntir moch-thra,
Ochanaich nan àr !

Bi'dh fuil is gaor d'a shùidreadh ann,
Le lù-chleasan 'ur làmh ;
Meangar cinn, a's dùirn dhiu ;
Gearrar ùilt le smuaisridh ;
Ciosnaichear am biùidh,
D'an dù-losgadh, 's d'an cnàmh ;
Crùnair le poimp Tearlach Stiùbhart ;
'S Frederic Prionns fo shàil.

ORAN D'A CHEILE NUADH-POSDA.

LE DONNACHADH BAN.

A mhairi bhan òg,
'S tu 'n òigh th'air m'aire,
Ri'm bheò bhi far am bithinn fhéin;
O'n fhuair mi ort còir
Cho mòr 's bu mhath leam,
Le pòsadh ceangailt' o'n chléir,
Le cùmhnanta teann
'S le banntaibh daingean,
'S le snaim a dh'fhanas, nach tréig;
'S e t' fhaotain air làimh
Le gràdh gach caraid
Rinn slàinnte mhaireann a'm' chré,

'Nuair bha mi gu tinn
'S mi 'n cinnseal leannain,
Gun chinnt cò theannadh rium féin,
'S ann a chunna' mi 'n òigh
Air bòrd taigh-leanna,
'S bu mhòthar ceanalt' a beus;
Tharruinn mi suas rith',
'S fhuair mi gealladh
O'n ghruagaich bhanail bhi 'm réir;
'S mise bha aobhach
'T fhaotain mar' rium,
'S cro laoigh a' Bharain a'd' dheigh.

Madainn Di-luain,
Ge buan an t-slighe,
'Nuair ghluas mi, ruìthinn mar ghaoth,
A dh-fhaìcinn mo luaidh
'S rud bhuainn n-ar dithis
Nach dual da rithist gu'n sgaoil;

Thug mi i 'nuaigneas,
Uair a bhruidhinn,
'S ann fhuair an nighean mo ghaoil;
A's chluinneadh mo chluas
Am fuaim a bhitheadh
Aig luathas mo chridhe ri 'm thaobh.

Sin 'nuair chuir *Cupid*
An t-uldach a'm' bhroilleach,
G'a shaighdean corranach caol,
A dhrùidh air mo chuislean,
Chuir luchd air mo choluinn,
Leis thuit mi ge b'oil leam a's dh'aom
Dh'innis mi sgeul
Do'n tè rinn m' acain,
Nach léigh a chaisgeanh mo ghaoid;
'Se leighis gach creuchd
I fhéin le feartan
Theacbd réidh a'm' ghlacaibh mar shaoil,

Bheirinn mo phòg
Do'n òg-mhnaoi shomult'
A dh fhás gu bòinneanta, caoin,
Gu mileant, comhnard,
Seòcail, foinnidh
Do chòmhradh gheibh mi gu saor.
Tha mi air sheòl
Gu leòir a'd' chomain,
A mhòid 'sa chuir thu gu faoin
De m' smaointean gòrach,
Pròis nam boireannach,
'S còir dhomh fuireach le h-aon.

Chaidh mi do'n choill'
An robh croinn as gallain,

Bu bhoisgeil sealladh mu'n cuairt,
'S bha miann mo shùil
Do dh'fhiùran barruicht'
An dlù's nam meanganan shuas;
Geug fo bhlàth
O bàrr gu talamh,
A lùb mi farrasda nuas:
Bu duilich do chach
Gu bràth a gearradh,
'S e 'n dàn domh 'm faillean a bhuain.

Shuidhich mi lìon
Air fior-uisg tana,
'S mi stri 'ga tharruinn air bruaich,
'S thug mi le sgrìob
Air tìr a ghealag,
'S a lìth mar eal' air a' chuan;
'S toilicht' a dh'fhàg
E 'n là sin m' aigneadh,
An roinn a bh'agam san uair;
B'i coimeas mo cheud mhna'
Reull na maidne,
Mo chéile cadail 's mi 'm shuain.

'S e b'fhasan leat riamh
Bhì ciallach banail,
Ri gnìomh, 's ri ceanal mnà-uails';
Gu páirteach, bàigheal,
Blàth, gun choire,
Gun ghìomh, gun ghoinne, gun chruas,
Gu déirceach, daonntach,
Faoilidh, farrasd',
Ri daoin fanna, bochd, truagh;
Is tha mi le'd' sheòl,
An dòchas ro-mhath,
Gur lòn do t-annam do dhuais.

Chuir mi air thùs ort
Iùil a's aithne,
Le sugradh ceanalta, suairc,
'Nuair theannainn riut dlù,
Bu chùraidh 't anail
No ùbhlan meala 'gam buain:
Cha bhiodh sgeul rùin,
A b'iuil domh aithris,
A b' fhiù, nach mealladh i bhuam;
Nan cuireadh i cùl rium
'S diùlta' baileach,
Bu chùis domh anart a's uaigh.

Do bhriodal blàth
'S do mhàran milis,
Do nàdur grinneas gach uair,
Gu beulchair, gàireach
Aluinn, coineil,
Gun chàs a thoille' dhut fuath;
Chuir i guin bhàis,
Fad ràith' am mhuineal
Dh'fhàg làn mo mhulad 'sa ghruaim,
'Nuair thuig i mar bha,
'Sa thàr mi 'n ulaidh,
Ghrad spèr i 'n cunnart ud bhuam.

'S ann thog e mi 'm prìs
O'n tìm so 'n uiridh,
An nì 'san urrainn a fhuair,
'Sguab do'n ìre
Fhìor-ghloin chruineachd,
An sìol is urramaich buaidh;
Sin na chuir mi
Co-rìmheich umad,
Bha t' inntinn bunaileach, buan:

Lìonàdh do sgiamhachd
Miann gach duine,
An dreach, fiamh, an cumachd, 's an snuagh.

Do chuach-fhalt bàn
Air fàs cho barrail,
'S a bhàrr làn chamag a's dhual;
T-aghaidh ghlan, mhàlda,
Nàrach, bhanail,
Do dhà chaol mhala gun ghruaim;
Suil ghorm, lìontach,
Mhìn-rosg, mheallach,
Gun dìth cur fal' ann ad' ghruaidh,
Deud gheal ìobhraidh
Dìonach, daingean,
Beul bìdh nach canadh ach stuaim.

Shiùbhladh tu fàsach
Airidh glinne
'S àit an cinneadh an spréidh,
G' am bleothan mu chrò,
'S bhi chòir na h-innis,
Laoigh òg a' mireadh 's a leum;
Cha mhiosa do lamh
'S tu làimh ri coinnil
No 'n seòmar soilleir ri grèin
A' fuaidheal 's a' fàitheam
Bhann a's phionar,
An àm chur grinnis air gréus.

Do chneas mar an éiteag
Glè ghlan, fallain,
Corp seang mar chanach an t-alàibh;
De bhràigh co-mhiu,
'S do chiochan cearrach,

'S iad liontach, soluis le chéil;
Gaoirdein tlà geal
Làmh na h-ainnir,
Caol mheoir, glac thana, bàs réidh;
Calpa deas ùr,
Troigh dhlù 'm bròig chumair
Is lùghar innealta ceum.

'S ann fhuair mi bhean chaoin
Aig taobh Mhàm-charraidh,
'S a gaol a'm' mhealladh o'm chéill;
Bha cridhe dhomh saor,
Nuair dh'fhaod mi tharruinn,
Cha b'fhaoin domh bharail bhi d' réir
'S ioma' fuil uasal,
Uaibhreach, fharumach,
Suas ri d' cheann-aghaidh fhéin,
Gad' chumail am prìs
An Rìgh 's Mac-Cailein
'S tu shìol nam fear a bha 'n Sléibhte.

'Nam faighinn an dràst
Do chàradh daingean
An àite falaich o'n èug;
Ge d' thigeadh e d' dhàil,
A's m' fhàgail falamh.
Cha b' àill leam bean eil' a'd' dhèigh:
Cha toir mi gu bràth dhut
Dranndan teallaich,
Mu'n àrdaich aileag do chléibh,
Ach rogha' gach màrain,
Gràdh a's furan,
Cho blàth 'sa b'urrain mo bheul.

Dheanainn dut ceann,
A's crann, a's t-earrach,

An àm chur ghearran an éill,
A's dheanainn mar chàch
Air tràigh na mara,
Chur àird air mealladh an éisg:
Mharbhainn dut geoidh,
A's roin, a's eala,
'S na h-eoin air bharra nan geug;
'S cha bhi thu ri d' bheò
Gun seòl air aran,
'S mi chòmhnaidh far am bi féidh.

BRIOGAIS MHIC RUAIRIDH.

LE ROBB DONN.

An d' fhidir, no 'n d' fhairich,
No 'n cuala sibh,
Co idir thug briogais
Mhic Ruairidh leis?
Bha bhriogais ud againn
An am dol a chadal,
'S 'nuair thainig a' mhadainn
Cha d' fhuaireadh i.

Chaidh bhriogais a stampadh,
Am meadhon na connlaich,
'S chaidh Uisdean a dhamhs',
Leis na gruagaichean;
'Nuair dh-fhàg a chuid misg e,
Gu'n tug e 'n sin briosgadh,
A dh-iarraidh na briogais,
'S cha d' fhuair e i.
An d' fhidir, &c.

Na 'm bitheadh tu làimh ris,
Gu 'n deanadh tu gàire,

Gedìbhidheadh an siataig
  Na d' chruachanan:
Na faiceadh tu 'dhronnag,
'Nuair dh ionndrainn e 'pheallag,
'S e coimhead 's gach callaid,
  'S a' suaitheachan.
    An d'fhidir, &c.

Ian Mhic Eachuinn,
Ma 's tusa thug leat i,
Chur grabadh air peacadh
  'S air buaireadh leath';
Ma 's tu a thug leat i,
Cha ruigheadh tu leas e,
Chaidh t-uair-sa seachad
  Mu 'n d' fhuair thu i.
    An d' fhidir, &c.

Chaitriona Nigh'n Uilleim,
Dean briogais do 'n ghille,
'S na cumadh sud sgillinn
  A' thuarasdal;
Ciod am fios nach e t-athair,
Thug leis i g' a caitheamh,—
Bha feum air a leithid,
  'S bha uair dheth sin.
    An d' fhidir, &c.

Briogais a' chonais,
Chaidh chall air a' bhanais,
Bu liutha fear fanaid
  Na fuaidheil oirr';
Mur do gléidh Iain Mac-Dhòmhnuill,
Gu pocan do 'n òr i,
Cha robh an Us-mhòine
  Na luaidheadh i.
    An d' fhidir, &c.

Mur do ghléidh Ian Mac-Dhòmhnuill,
Cu pocan do 'n òr i,
Cha robh an Us-mhòine
Na ghluaiseadh i.
Mu Uileam Mac-Phàdruig,
Cha deanadh i stà dha,
Cha ruigeadh i 'n àird'
Air a' chruachan dha.
An d' fhidir, &c.

Tha duine 'n Us-mhoine
D' an ainm Ian Mac-Sheòrais,
'S gur iongantas dhomhsa
Ma ghluais e i:
Bha i cho cumhang
Mur cuir e i 'm mugha,
Nach deon i ni 's modha
No buarach dha.
An d' fhidir, &c.

Na leigibh ri bràigh' e,
'M feadh 's a bhios e mar tha e,
Air eagal gu 'n sàraich
An luachair e;
Na leigibh bho bhail' e
Do mhòinteach nan coille,
Mu 'n tig a labhallan,
'S gu'm buail i e.
An d' fhidir, &c.

Na 'm faiceadh sibh ' leithid,
Bha bann oir' de leathair;
Bha toll air a speathar,
'S bha tùthag air,
'S bha feum aic' air cobhair,
Mu bhréidean a gobhail,

Far am biodh am fear odhar,
A' suathadh rith'.
An d' fhidir, &c.

Ach Iain Mhic-Choinnich,
'S ann ort a bha 'n sonas,
Ged 's mòr a bha dhonadas
Sluaigh an so;
'Nuair bha thu cho sgiobalt,
'S nach do chaill thu dad idir,
'S gur tapaidh a' bhriogais
A bhuannaich thu!
An d' fhidir, &c.

COIRE-CHEATHAICH.

LE DONNACHADH BAN.

Se Coire-cheathaich nan aighean siubhlach,
An coire rùnach, is ùrar fonn,
Gu lurach, miadh-fheurach, mìn-gheal, sùghar,
Gach lusan fluar bu chùbhraidh leam;
Gu molach dù-ghorm, torrach luisreagach,
Corrach pluireanach, dlù-ghlan grinn;
Caoin, balach, dìtheanach, cannach, mìsleanach,
Gleann a' mhilltich, 'san lìonmhor mang.

Tha falluinn dhùinte, gu dainghean, dùbailt',
A mhaireas ùinne, mu'n rùsg i lòm,
Dh'n fheur is cùl fhinne dh' fhàs na h-ùrach,
'S a bhàrr air lùbadh le driùchda tròm,
Mu choire guanach nan torran uaine,
A' bheil luibh a's luachair a suas g'a cheann;
'S am fasach guamach an càs a bhuanadh,
Nam b' àite cruaidh e, 'm biodh tuath le'n suim,

Tha trusgan faoìlidh air cruit an aonaich,
Chuir sult iṣ aoidh air gach taobh a d' chòm,
Mìn-fheur chaorach is barraibh bhraonan,
'S gach lus a dh' fheudadh bhi 'n aodainn thòm,
M'an choir' is aoidheala tha ra'a fhaotain,
A chunnaic daoine an taobh so 'n Fhraing ;
Mur dean e caochladh, b' e 'n t-aighear saoghalt'
Do ghilean aotrom bhi daonnan ann.

'S ann m'an Ruadh-aisrigh dh'fhàs na cuairtagan,
Clùthar, cuaicheanach, cuannar, àrd,
Na h-uile cluaineag 's am bàrr air luasgadh,
'S a ghaoth 'g an sguabadh a null 'sa nall :
Bun na cìpe is bàr a' mhilltich,
A chuiseag dhìreach, 's an fhìteag cham ;
Muran brìoghar, 's an grunnasg lionmhor,
M' an chuilidh dhìomhair, am bi na suinn.

Tha sliabh na làirg an robh mac-Bhaidi,
'Na mhothar fasaich, 's na stràchda tròm ;
Slios na bàn-leachdainn, cha 'n i is tàire,
'S gur tric a dh' àraich i 'n làn damh donn :
'S na h-aighean dàra nach téid a 'n bhà-thaigh,
A bhios le 'n àlach gu h-àrd 'nan grunn,
'S na laoigh gu h-ùiseil a là 'sa dh'oidhche,
'S na h-uiread cruinn diubh air druim Clach-fionn.

Do leacan chaoimhneil gu dearcach, braoileagach,
Breac le foireagan is cruinn dearg ceann
'N creamh 'na charaichean, am bac nan staidhrichean,
Stacan fraoineasach nach bu ghann :
Am bearnan-brìde, 's a pheighinn rìoghail,
'S an canach mìn-gheal, 's am mìslean ann ;
'S a h-uile mìr dheth, o'n bhun is ìsle
Gu h-ionad cìrean na crìch' is àird'.

'S rìmheach còta na craige mòire,
'S cha 'n 'eil am fòlach a' d'choir 'san àm,
Ach mèunan còinntich, o 's e bu nòsaire,
Air a chòmhdachadh bhos a's thall:
Na lagain chòmhnard am bun nan srònag,
Am bi na sòghraichean, 's neòinein fann,
Gu bileach, feòirneineach, milis, roineagach,
Molach, ròmach, gach seòrs a th' ann.

Tha mala ghruamach, de'n bhiolar uaine,
Mu'n h-uile fuaran a th' ann san fhonn;
Is doire shealbag aig bun nan garbh-chlach,
S grinneal gainbheich' gu meanbh-gheal, pronn;
'Na ghlugaibh plumbach air ghoil gun aon teas,
Ach coileach buirn tighin á grunnd eas lòm,
Gach struthan uasal 'na chuailean cùl-ghorm,
A' ruith na spùtaibh, 's na lùbaibh steoll.

Tha bradan tarra-gheal sa choire gharbhlaich,
Tha tig'n o'n fhairge bu ghailbheach tonn,
Le luinneis mheamnach a' ceapa mheanbhchuileag,
Gu neo-chearbach le cham-ghob cròm:
Air bhuinne borb, is e leum gu foirmeil,
'Na éideadh colgail bu ghorm-glas druim,
Le shòilsean airgeid, gu h-iteach meana-bhreac,
Gu lannach, dearg-bhallach, earr-gheal slìom.

'S Coire'-cheathaich an t-aighear prìseil,
'S an t-àite rìoghail mu'm bìdht' a' sealg,
Is bidh féidh air ghiùlan le làmhach fùdair,
A' cur luaidhe dhù-ghorm gu dlù nan calg:
An gunna gleusda, s' an cuilean eutrom,
Gu fuileach, feumanach, treubhach, garg,
A ruith gu siùbhlach, a gearradh shùrdag,
'S a dol g'a dhùlan ri cùrsan dearg.

Gheibhte daonnan mu d' ghlacaibh faoine,
Na h-aighean maola, na laoigh, 's na maing,
Sud bu mhiann leinn 'am madainn ghrianaich,
Bhi dol g' an an iarraidh, 's a fiadhach bheann,
Ged thigeadh siontan oirnn' uisg a's dìle,
Bha seòl g'ar dìdean mu'n chrìch san àm,
An creagan losal am bun na frithe,
S an leabaidh dhìona, 's mi m' shìneadh ann.

Sa'mhadainn chiuin-ghil, an àm ghomh dusgadh,
Aig bun na stùice be 'n sùgradh leam ;
A' chearc le sgiùcan a' gabhail tùchain,
'S an coileach cùirteil a dùrdail cròm ;
An dreathan sùrdail, s a ribheid chiuil aige,
A cur nan smùid deth gu lùghor binn ;
An druid 's am brù-dhearg, le mòran ùinich,
Ri ceileir sunndach bu shlubhlach rann.

Bha eoin an t-sléibhe 'nan ealtain gle-ghloin,
A' gabhail bheusan air ghéig sa choill,
An uiseag cheutaich, 's a luinneag féin aice,
Feadan spéiseil gu réidh a seinn:
A chuach, 'sa sméorach, am bar nan òg an,
A' gabhail òrain gu ceolmhor binn:
'Nuair ghoir an cuannal gu loinneil, guanach,
'S e 's gloin' a chualas am fuaim sa 'ghleann.

'Nuair thig iad còmhla' na bheil a' d' chòirse
De'n h-uile seòrsa bu chòir bhi ann;
Damh na crèice air srath na mòintich,
'S e gabhail crònain le dreòcam àrd ;
A' dol san fhéithe gu bras le h-éibhneas,
A' mire-leumnaich ri éildeig dhuinn;
Bi sin an ribhinn a dh'fhas gu mìleanta,
Foinneamh, finealta, dìreach, seang.

The mhaoiseach chùl-bhui air feadh na dùsluing,
Aig bun nam fiùran 'gan rùsgadh lòm,
'S am boc gu h-ùtluidh ri leaba chùirteil,
'S e 'ga bùrach le rùdan cròm;
'S am minnean riabhach bu luime cliathach,
Le chunnein fiata, is fiadhaich ceann,
'Na chadal guamach an lagan uaigneach,
Fo bhàrr na luachrach na chuairteig chruinn.

Is lìonmhor cnuasachd a bha mu'n cuairt dut,
Ri àm am buain gum bu luaineachd clann,
Ri tional guamach, gu fearàil suairce,
'S a' roinn gu h-uasal na fhuair iad ann;
Cèir-bheach na cnuacaibh, an nead na chuairteig,
'S a mhil 'ga buanachd air cruaidh an tuim,
Aig seillein riabhach, breaca, srianach,
Le'n cròn cianail is fiata srann.

Bha cus ra' fhaotainn de chnothan caoine,
'S cha bi' iad na caochagan aotrom gann,
Ach bagailt mhaola, bù taine plaoisg,
A' toirt brìgh à laoghan na maoth-shlait fann,
Strath nan caochan 'na dhosaibh caorainn,
'S na phreasaibh caola, làn chraobh a's mheang;
Na gallain ùra, 's na faillein dhlùtha,
'S am barrach dùinte mu chùl nan crann.

Gach àite timcheall nam fasach iomlan,
Màm a's fion-ghleann, 's an tuilm ga chòir:
Meall tionail làimh ris, gu molach, tlàthail,
B'e chulaidh dh'àrach an àlaich òig;
Na daimh 's h-éildean a'm madainn cheitein
Gu moch ag éirigh air réidhlein feòir;
Greidhein dhearg dhiu air taobh gach leargain,
Mu 'n Choire gharbhlaich, 'g an ainm an Ceo.

ORAN DO CHAIPTEIN HUISTEIN, LOCHLAITEIR.

LE LUTHAIS A' GHOBHAINN (CAMSHRON) GLEANN-URCHUDAIN.

Soraidh uamsa suas 'na Bhraighe,
Dhios an uasail, shuairce, shar-mhaith,
Choisinn buaidh gach uair 'sna blàraibh—
De 'n fhuil uasal chlann nan Gaidheal,
Anns na gruaidhean s glainne dearsadh.
Hò, hì, hùro, hòro, heile,
Far an laidh thu, slan gun eirich!

A Chaiptein Huistein na fèile,
Tha mu dhurachdsa gu m' eug dhut;
Leanainn thu 's gach taobh an teid thu;
Calba cruinn an t-siubhail eutrom,
Feileadh bleatach leat a b' eibhinn,
A's sporran ròmach 's òr ga sheuladh.
Hò, hì, &c.

Chìte sud thu mar bu mhiann leat,
Tighinn a mach ri maduinn ghrianach,
Fhir a' chridhe fharsuinn fhialaidh,
Tighinn gu faramach a dh' iasgach,
Tighinn gu cladaichean Loch Mhiachlaidh,
Le dubhan gartach, slat a's driamlach.
Hò, hì, &c.

Bu bhinn leam bhi' g' eisdeachd 'chrònan,
Aig do fhleasgaichean ag oran,
'S tu dol a mach a' ghabhail *voyage*
'Na do bhàta ramhach ordail;
'S ur gach crann, gach ramh, a's ròp dhi,
'S cha'n fhaca mi 'san Taobh Tuath cho boidhche.
Hò, hì, &c.

Dh-aithn'inn do chas-cheum gu h-aotrom,
Direadh ri beallach nan aonach,
Le do phrasgan is tlachdmhor dhaoine,
Gunna snaipe 'n glaic an laoich,
Le do churrachd chopair a lot a' mhaoiseach,
'S do pheileir gorm guineach 'na gurrach a dh-aon teas.
Hò, hì, &c.

Dh-aithn'inn thu a Ghaidheil chruadail,
Direadh ri ard nam fuar bheann,
Le d' mhiall-choin ri d' shail 'san uair sin,
'S do spainteach 's do lamh man cuairt dhi;
'N uair bheumadh spor gheur ri cruaidh leat,
Bhiodh fuil an taimh chabrach a 'frasadh air luachair.
Hò, hì, &c.

'Nuair chromadh an curraidh a' shuil,
Ri dronnag a' ghunna nach diultadh,
Bhiodh an uilinn 'ga lùbadh,
'S barramach sradagan fudair,
Tighinn o sparradh do ludaig,
'Nuair rachadh an teine 'san eireachd nan smuidrich,
Bhiodh eìlid na beinne 'sa ceireanan briùite.
Hò, hì, &c.

Gheibhte a' d' thalla 'nàm an fheasgair,
Ol a's ceol aig na fleasgaich;
Piob mhor nam feudan, toll' ga spreigeadh,
'S gach crann dhi le srann co-fhreagradh,
Cha bu ghann dha do dhaimhean beadradh—
Fiòn a's branndaidh o' d' laimh ga leigeadh.
Hò, rì, &c.

'S ann o Chrasgaig so shuas uainn,
Thig an gaisgeach beachdail uasal;

'S tu thug leat gach beart bu dual dut,
A's a' dh-eachdair a bhi 'n uachdar—
De 'n fhine 's ainmeil 's an Trobh Tuath so,
Ailpeinich nach tais 's a chruadail!
Hò, hì, &c.

DHIA GLEIDH 'BHANRIGH.

EADAR-THEANGAICHTE LE AONGHAS DOMHNULLACH, GLEANN-URCHUDAINN.

Dhia gleidh ar Banrigh mhor,
Beatha bhuan da'r Banrigh choir,
Dhia gleidh 'Bhanrigh.
Thoir buaidh dhi, 'us solas,
Son' agus ro ghlormhor;
Fad' chum riaghladh oirnn';
Dhia gleidh 'Bhanrigh.

A Thighearn ar Dia eirich,
Sgap a naimhdean eitich,
'Us leig iad sios.
Cuir cli an droch riaghladh;
Tilg sios an luib dhiabhlaidh;
Ar dochas oirne leag:—
Dhia gleidh 'Bhanrigh.

Do thiodhlaig mhaith thoir dhi,
Doirt oirre pailt gun dith,
Fad' riaghladh i,
Ar reachdan dionadh i,
Toirt dhuinn aobhar, gun sgios,
Bhi seinn le'r guth 's ar cridh,'
Dhia gleidh 'Bhanrigh.

In 2 vols., cloth, 28s.,

THE SCOTTISH GAEL.

"The Scottish Gael" was originally published in 1831. It was at once recognised as exhibiting the most authentic and interesting account of the aborigines of the Scottish Highlands that had hitherto appeared. This high character it has ever maintained; and Logan's "Scottish Gael" is held as the standard authority upon Celtic manners and customs. The original edition had long been out of print, and the few copies that were occasionally exposed for sale in second-hand book shops were quickly disposed of at high prices.


It occurred to the Publisher of the present edition that a re-issue of the work would be acceptable to the public, and supply a want felt by the increasing circle of students of the history of the ancient Gael. It was necessary, however, that the re-issue should be one worthy of the subject of which it treats, and of the high reputation the work had already obtained. This, the Publisher humbly hopes, has been successfully attained.

The Rev. ALEXANDER STEWART, F.S.A.S., of Ballachulish and Ardgour, the accomplished "Nether Lochaber" of the *Inverness Courier*, undertook to edit the work, and it has been published in the form approved of by him. The new edition includes all the original matter. The Author's text has been carefully followed, and, where necessary, enriched with notes and illustrations from the Editor, giving the latest information and light upon its contents, and discussing new views of some points which have been put forward. Without further detail, it may be presumed that a labour so congenial to the Editor has been faithfully executed.

The original edition was published with Coloured Plates and Woodcuts. These the Publisher, at considerable expense, has had correctly copied and re-engraved, while the typography and paper are of the best quality; so that, in all its departments, the new edition comprises all the excellencies of the original, with several additional improvements.

Inverness: HUGH MACKENZIE.

Edinburgh: MACLAUCHLAN & STEWART. London: SIMPKIN, MARSHALL, & Co.



THE BORROWER WILL BE CHAR(
AN OVERDUE FEE IF THIS BOOK IS I
RETURNED TO THE LIBRARY ON
BEFORE THE LAST DATE STAMI
BELOW. NON-RECEIPT OF OVERI
NOTICES DOES NOT EXEMPT T
BORROWER FROM OVERDUE FEES.

